

**SGEULACHDAN  
NOLLAIG**

**IS  
GEAMAICHEAN  
DRAMA**

**CHRISTMAS SCRIPTS & DRAMA GAMES**

**Le Artair Donald & Uilleam Moireach**



# CLÀR-INNSE

**1 RO-RÀDH**

**3 CEANA - ELLA**

**17 NOLLAIG AIR A' GHEALAICH**

**40 CÒ GHOID AN NOLLAIG**

**61 NOLLAIG ANN AM BAIL' ÙR AN T-SLÈIBHE**

**73 SEOC AGUS A' CHRAOBH PHÒNAIREAN**

**84 GEAMAICHEAN DRÀMA SPÒRSAIL DO  
THIDSEARAN IS SGOILEARAN**

**July 2023**

This resource is licensed under Creative Commons licence 4.



You are free to:

Share- copy and redistribute the material in any medium or format  
Adapt- remix, transform, and build upon the material

CC BY-NC-SA includes the following elements:

BY - Credit must be given to the creator

NC - Only noncommercial uses of the work are permitted

SA - Adaptations must be shared under the same terms.

Illustrations © Anna Rothach 2023

Chaidh an leabhar seo a chruthachadh tro Cho-chomann Cultar na Gàidhealtachd.

'S e sgioba de chòignear luchd-ealain air mhuinntireas a tha ann an Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd, agus tha an sgioba ag obair gu dlùth le coimhearsnachdan air feadh na sgìre. Ann an com-pàirteachais leis a Cho-chomann, tha Fèis Rois, Ionad-ealain Lyth, Eadar-aghaidh Treas Earrann na Gàidhealtachd agus Ionad-ealain na Gàidhealtachd, Eden Court.

Tha sinn air tighinn còmhla mar phàirt den Cho-chomann Cultar, pròiseact nàiseanta a chaidh a stèidheachadh mar fhreagairt do bhuaidh a' mhòr-ghalair Covid-19. Tha a' phròiseact a' faighinn maoinachaidh bho Riaghaltas na h-Alba tro Alba Chruthachail.

This book has been created through the Highland Culture Collective.

The Highland Culture Collective is a group of five socially-engaged artists-in-residence, working closely with communities across the Highlands of Scotland. Our partner organisations are Fèis Rois, Lyth Arts Centre, Highland Third Sector Interface and Eden Court.

We've come together as part of Culture Collective, a nationwide project in response to the impact of the Covid-19 pandemic, which has been funded by the Scottish Government through Creative Scotland.



## ARTAIR DONALD

'S e Artair Donald an Neach-dràma air Mhuinntireas aig Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd.

Fhuair Artair àrach ann an eilean àlainn Thiriodh agus tha e air a bhith na chleasaiche proifeiseanta fad trithead bliadhna. Tha e air a sgìlean a thaisbeanadh air rèidio, stèidse, telebhisean agus fiolm, agus e aithnichte do mhòran mar an caractar Coinneach anns an dràma telebhisean Gàidhlig Machair. O chionn ghoirid tha e air nochdadh ann an sreathan telebhisean mar Bannan, OMC agus Pròiseact Flòigh air BBC Alba. Tha Artair air a bhith an sàs mar Neach-dràma air Mhuinntireas aig Co-chomann Cultar na Gàidhealtachd o chionn dà bhliadhna. Bidh e a' siubhal gu ionadan Meadhan Gàidhlig ann an sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd, agus a' cur a chuid eòlais is sgìlean dràma gu feum gus cleachdadh Gàidhlig na cloinne a bhrosnachadh agus a leasachadh.

Thairis air an dà bhliadhna sin bha e glè fhollaiseach gun robh gainne ann de sgrìobtaichean Gàidhlig do dh' òigridh. Aig àm na Nollaig bhiodh na sgoiltean a' seinn òrain Ghàidhlig mar an taisbeanadh Nollaig aca. Ag obair le sgoilearan ann am Bun-sgoil Àth Tharracail Lùn-Dùbh 2021 agus Bun-sgoil Bhail' Ùr an t-Slèibhe Lùn-Dùbh 2022, leasaich Artair sgrìobtaichean le na sgoilearan tro ocaideachadh, agus thaisbean iad stòiridhean stèidhichte air an Nollaig.

Tha na sgrìobtaichean a leanas air a bhith air an leasachadh thar nam biadhnaichean. Tha iad air an cur còmhla mar bhrosnachadh do sgoiltean airson an cleachdadh is an atharrachadh a rèir ainmean-àite agus suidheachaidhean fa-leth, & m.s.a.a. Tha cead aig sgoiltean fiù 's na stòiridhean atharrachadh gu tur. Tha Artair an dòchas gun còrd e ribh a bhith ag obair le na sgrìobtaichean agus gan leasachadh.

## UILLEAM MOIREACH

'S e tidsear bun-sgoile agus sgrìobhadair a th' ann an Uilleam Moireach. Tha e air sgrìobhadh a dhèanamh airson BBC Alba, m.e. 'OMC!' agus 'Cùm Sùil Orm', a chaidh ainmeachadh aig duaisean RTS Alba an-uiridh. 'S ann à Cille Bhrìghde an Ear a tha e, le buinteanas do Leòdhas.

## MÒRAG STIÙBHART

'S e Comhairliche Gàidhlig a tha ann am Mòrag Stiùbhart. Tha Mòrag air a bhith a' fuireach anns an Eilean Sgitheanach faisg air dà fhichead bliadhna ach 's ann à Griomsaigh anns na h-Eileanan an Iar a tha i bho thùs. Chaidh i a dh'obair anns na meadhanan aig a BhBC às dèidh dhi ceumnachadh ann an 1978 agus bhon uair sin tha i air a bhith an sàs ann an rèidio, telebhisean is fiolm, agus air prògraman is sreathan de dh'iomadh seòrsa a riochdachadh, eadar naidheachdan, aithris, dràma agus stuth chloinne.

Bha i na h-Òraidiche agus na Stiùiriche Cùrsa BA Gàidhlig & Na Meadhanan aig Sabhal Mòr Ostaig agus thairis air iomadh bliadhna tha i air a bhith a' teagasg is a' brosnachadh sgìlean conaltraidh am measg òigridh le Gàidhlig.

Tha i air grunnan leabhraichean chloinne a sgrìobhadh agus air tionndadh Gàidhlig a chur air feadhainn dhe na leabhraichean is cartùnaichean miorbhaileach a sgrìobh Julia Donaldson, nam measg sin, Zog, Na Stocan & na Stùcan agus Bioran.

## ANNA ROTHACH

Tha Anna Rothach ag obair gu neo-eisimeileach mar dhealbhaiche-grafaigeach agus sgrìobhaiche-soidhne, a' tabhann seirbheis dheas-ghnàthaichte do bhuidhnean a tha eadar a bhith beag gu bhith meadhanach mòr, agus do ghniomhachasan is pearsaichean fa-leth. Stèidhichte air Eilean Eige air costa iar-thuath na h-Alba, thèid aig Anna air obrachadh le luchd-cleachdaidh a bhios a' sùileachadh tuigse air Beurla agus Gàidhlig na h-Alba.

Mar dhealbhaiche tha Anna na neach-ealain agus neach-labhairt na Gàidhlig. Tha i às A' Chorcaich air a' Ghàidhealtachd agus 's i am mac-meanmain air cùl Graficanna. Às dèidh a bhith na h-oileanach agus a bhith ag obair aig Colaiste Ghàidhlig na h-Alba, Sabhal Mòr Ostaig anns an Eilean Sgitheanach, thog Anna oirre gus a meas air ealain is obair-dealbhaich a leantainn le bhith a' dol an sàs ann am barrachd ionnsachaidh ann an Ghlaschu.

Nuair nach eil i ri obair-dealbhaich no peantadh, 's iongantach mur a bi Anna a-muigh còmhla ri eileanaich eile a' caidheagadh mu na cladaichean no a' togail dheilbh de chruth-tìre miorbhaileach na h-Alba.

Buannaiche Aig Duaisean Gàidhlig na h-Alba 2019 - Duais Eaconomach na Gàidhlig.

# **CEANA - ELLA**

Le Uilleam Moireach

## **Caractaran**

### **Am Prionnsa Seumas**

Prionnsa a tha a' sireadh bana-phrionnsa a phòsadh aig àm na Nollaige

### **Iain, Ruairidh, Seoc & Seòras**

An luchd-obrach aig Prionnsa Seumas

### **Ceana-Ella**

Tè a tha daonnan ag obair air a' chroit anns na "h-overalls" agus na bòtannan aice

### **Nina, Tina & Sine**

Peathraichean Ceana-Ella

### **Mamaidh**

Màthair Ceana-Ella agus a peathraichean

### **Gille Geocair**

An "Town Crier"

### **Caractaran Measgaichte Eile / Chorus**

M.e. luchd-còmhnaidh nan Eilean Siar, luchd-obrach na cèilidh & m.s.a.a

### **Bodach na Nollaig**

## **Sealladh 1**

**The Royal Palace. Prionnsa Seumas sits on his throne, accompanied by his staff - Iain is ushering a guest out of the door.**

IAIN: Mòran taing a ghràidh, bidh sinn 'ann an touch'! Tioraidh!

**Guest exits.**

SEOC: Uill a Sheumais, 's e sin an tè mu dheireadh. Sin agad e! An tè mu dheireadh air an liosta!

RUAIRIDH: Chan eil bean ri lorg air Beinn Nibheis.

SEÒRAS: Chan eil do leannan ann an Lunnainn.

IAIN: Chan eil do ghaol ann an Glaschu.

**Prionnsa Seumas lets out a big sigh.**

AM PRIONNSA SEUMAS: Obh obh! Tha seo gun fheum! Tuath, Deas, Iar agus Ear - choimhead sinn tron dùthaich air fad ach cha do lorg sinn bana-phrionnsa fhreagarrach dhomh.

IAIN: Uill, ur Mòrachd Rìoghail - cha robh sinn anns an dùthaich air fad.

AM PRIONNSA SEUMAS: Nach robh?

RUAIRIDH: Seadh - dè mu dheidhinn na h-Eileannan Siar?

SEOC: Hmm...na h-Eileannan Siar, chan eil mi gu math eòlach orra idir.

SEÒRAS: Àite cho brèagha 's a ghabhas a Sheumais.

RUAIRIDH: Tràighean bòidheach.

IAIN: Daoine càirdeil.

SEOC: Agus tha iad gu math cleachdte ri bhith ag èisteachd ri daoine le adan mòra, gòrach orra.

**Seoc shows a picture of Donnie Dòtaman to the audience.**

AM PRIONNSA SEUMAS: Saoil a bheil mo bhana-phrionnsa anns na h-Eileanan Siar ma-thà? Ciamar a gheibh sinn ann? Pleana?

IAIN: 'S urrainn dhuinn a' dhol air plèana Loganair gu Steòrnabhagh, ur Mòrachd Rìoghail?

**Iain shows the flight details to Prionnsa Seumas on an iPad.**

AM PRIONNSA SEUMAS: Loganair, eh? Agus dè tha seo - an àireamh-fòn aca?

RUAIRIDH: Ehm...sin a' phrìs a Sheumais.

AM PRIONNSA SEUMAS: A' phrìs?? Loganair? Gu dearbha fhèin cha bhi mi a' falbh Logan-nowhere còmhla riuthasan! Dè mu dheidhinn Calmac?

**A beat and then all burst out laughing at this suggestion.**

SEÒRAS: Sguir a Sheumais, tha sin fada ro èibhinn.

AM PRIONNSA SEUMAS: Thèid sinn ann air a' bhàta agamsa. Fàgaidh sinn a-nochd!

CÒMHLA: Bàta Sheumais!

IAIN: Bàta brèagha!

RUAIRIDH: Bàta bòidheach!

SEOC: Bàta dìreach!

SEÒRAS: Bàta deònach!

CÒMHLA: Bàta Sheumais is Seumas air bòrd!

**Chorus enter for SONG: Bàta Smùid.**

**Prionnsa and staff travel on their boat as they sing. Chorus exit at song's end, leaving Prionnsa and his staff at their destination.**

IAIN: Seo agaibh e, Steòrnabhagh!

AM PRIONNSA SEUMAS: Ceart ma-thà! Sgaoil fios anns na h-Eileanan air fad. Bidh cèilidh na Nollaige ann a-nochd, can riutha gu bheil am Prionnsa Seumas a' sireadh luaidh a chridhe.

SEOC: Glè mhath! 'S toil leam fhèin pàrtaidh.

SEÒRAS: Mise cuideachd - cuimhnich na pàrtaidhean ud aig 10 Sràid Downing, 's iad a bha math...

**Seoc interrupts him with a push to the shoulder, reminding him the audience are listening.**

SEOC: Sshhh!!

## Sealladh 2

**Ceana-Ella's house. Nina, Tina and Sine are pouting, posing and looking at their phones. Suddenly, Nina's face lights up in excitement and she shows her phone to her sisters.**

NINA: Oh mo chreach - seall seall! Rinn mi a' chùis - Còig mìle 'follower' air Instagram.

TINA: Awww chan eil agamsa ach trì mìle.

NINA: Uill, chan eil na dealbhan agadsa cho bòidheach 's a tha an fheadhainn agamsa.

TINA: An e an fhirinn a th' agad? Uill, seall seo **(she pushes a button on her own phone)** whoops, tha thu air ais sìos gu ceithir mìle, naoi ceud naochad 's a naoi! followers.

**Cackling shrieks and laughter from the sisters as Ceana-Ella enters, bedraggled and dirty from working the croft. She is using a selfie-stick as a bat.**

SÌNE: A Cheana-Ella, cia mheud 'follower' a th' agadsa air Instagram?

**The sisters giggle to themselves.**

CEANA-ELLA: Instagram? Instagram?! Cha bhi mise a' bodraigeadh leis an sgudal ud; tha mise fada ro Insta-trang! Carson a tha sibh a' suidhe a-staigh air làtha snog mar seo? Chruinnich mi na h-uighean, thog mi am buntàta...shreap mi suas craobh no dhà...

NINA: A Cheana-Ella, dè thuirt mi riut mu dheidhinn a bhith a' cleachdadh an 'selfie stick' agam mar bata?? A Mhamaidh!

**Mamaidh enters as Nina snatches back her selfie stick. Mamaidh is excitedly carrying a pile of newspapers.**

MAMAIDH: Dè an racaid a th' agaibh an seo! Sguiribh a dh' argamaid sa mhionaid - tha deagh, DEAGH naidheachd agam, seallaibh!

**The girls each grab a newspaper and read - delight across their faces when they see the news.**

TINA: Tha am Prionnsa Seumas a' tighinn!

NINA: Tha cèilidh Nollaige mhòr gu bhith ann a-nochd!

SÌNE: Tha e a' coimhead airson bean anns na h-Eileanan Siar!

**A beat as Ceana-Ella continues to read.**

CÒMHLA: Uill a Cheana-Ella??

CEANA-ELLA: Och, seall, tha iad air an “cattle show” a ghluasad air ais airson cèilidh air choireigin a-nochd!

CÒMHLA: A Cheana-Ella!!!

NINA: Feumaidh sinn ‘fake-tan’!

TINA: Feumaidh sinn ‘extensions’!

SÌNE: Feumaidh sinn brògan ùra!

CEANA-ELLA: Feumaidh mi bucaid! Bleugh!

MAMAIDH: A Cheana-Ella a' ghraidh, nach eil thu a' tuigsinn? Tha cothrom an seo airson nighean às na h-Eileanan am Prionnsa Seumas a phòsadh. 'S dòcha gum bi aon de na nigheanan agamsa na bana-phrionnsa! O, abair tiodhlac aig àm na Nollaige - smaoinich!

CEANA-ELLA: Chan eil mise ag iarraidh pòsadh! Chan eil mi ag iarraidh a bhith na mo bhana-phrionnsa!

**The sisters all gasp in shock at this.**

MAMAIDH: Oh, trobhad còmhla rinn a Cheana-Ella, 's e pàrtaidh math a bhios ann co-dhiù.

CEANA-ELLA: Uill, 's toil leam fhèin partaidh beag. Feumaidh mi na caoraich a' rùsgadh an toiseach ge-tà.

**Ceana Ella produces a pair of shearing shears.**

CEANA-ELLA: Hmm, 's dòcha gum bi iad seo feumail airson na ‘makeovers’ agaihb...?

**Ceana Ella chases the sisters off-stage with the shears, who shriek and scream as they exit.**

CÒMHLA: Aaah! A Cheana-Ella!

### Sealladh 3

**Christmas cèilidh. Smartly dressed waiters offer fancy canapes on silver platters to mingling guests. Ceana-Ella enters.**

NEACH-FRITHEALOIDH 1: Vol au Vent?

NEACH-FRITHEALOIDH 2: Caviar?

NEACH-FRITHEALOIDH 3: Cous Cous?

CEANA-ELLA: Cus cus? Tha cus cus sgudail ri ithe an seo! Dè tha cèarr air ‘bacon rolls’??

GILLE GEOCAIR: A mhnathan 's a dhaoine-uaisle, ann am mionaid no dhà cuiridh sinn fàilt air a' Phrionnsa - ach an toiseach, thigibh còmhla airson dannsa - Glagan Binn!

**All guests (excluding Ceana-Ella) dance a waltz/cèilidh dance as they sing SONG: Glagan Binn (Jingle Bells)**

CEANA-ELLA (**sighs**): Tha seo dòrainneach...saoil an cuir mise na ‘tunes’ agam fhin air?

**A gasp as the music suddenly stops. Ceana-Ella plugs in her own music - a raucous Peat & Diesel tune. She dances around wildly, as people try to avoid her. Eventually, her welly boot flies off and lands on the floor. Mamaidh is horrified.**

MAMAIDH: A Cheana-Ella Katie-Màiri Peigi-Anna Ealasaid Nic a' Ghobhainn, trobhad an seo sa mhionaid!

CEANA-ELLA: Aw Mham!

**Mamaidh escorts Ceana-Ella off stage right just at Prionnsa and his staff enter stage left.**

AM PRIONNSA SEUMAS: Cò bha siud?

IAIN: Cò? An tè shalach a bha sin?

RUAIRIDH: Le fàileadh mar fàileadh sabhal aiste?

SEOC: Agus falt mar nead?

AM PRIONNSA SEUMAS: Sin an seòrsa bana-phrionnsa a tha a dhith orms', cuideigin làn spòrs, gun eagal sam bith oirre! Wow!

SEÒRAS: Ach chan eil sgeul oirre a Sheumais.

**Prionnsa slumps into a chair, disappointed.**

IAIN: Ach seall, tha seo againn! **(presenting the welly boot)**

**Prionnsa jolts up in his chair - a lightbulb moment.**

AM PRIONNSA SEUMAS: A bheil sibhse a' smaoinichadh na tha mise a' smaoinichadh?

SEÒRAS: Seadh - a bheil gin dhe na vol au vents air fhàgail?

**Seoc gives him a nudge on his shoulder.**

SEOC: Ist amadain! A' smaoinichadh mu dheidhinn na bòtainn!

**Prionnsa gestures for Gille Geocair to come over to them and whispers in his ear - end of scene.**

#### Sealladh 4

**Gille Geocair stands alone on stage, reading from a scroll and holding up the missing welly boot. He tries to extend the welly boot as far as he can from himself, the smell too much for him.**

GILLE GEOCAIR: A Mhnathan nan Eileanan Siar; bidh a' Mhòrachd Rìoghail, Am Prionnsa Seumas a' siubhal tro na h-Eileanan air fad a' lorg an tè a chàill a' bhòtainn seo. As bith cò leis a tha a' bhòtainn seo, pòsaidh i am prionnsa air Oidhche na Nollaig agus is ise a bhios na bana-phrionnsa den Rìoghachd Aonaichte air fad.

**The smell now too much for him, he drops the welly boot and shouts off stage.**

GILLE GEOCAIR: Ghia - carson nach eil am Prionnsa dìreach a' feuchainn "online dating" mar a h-uile duine eile?

## Sealladh 5

**The boat, carrying Prionnsa and his staff, travels between different islands, looking for the welly boot owner. Chorus enter to sing Bàta Sheumais verses.**

### **SONG: Bàta Sheumais Rann 1 Chorus (singing)**

Bàta Sheumais a' seòladh gu Barraigh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd  
Bàta Sheumais a' seòladh gu Barraigh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd

**They exit the boat**

IAIN: Fàilte gu Barraigh!

RUAIRIDH: 'S dòcha gu bheil i an seo 's gum pòs sibh ann an Caisteal Chiosmail!

**Two Barra residents enter, hoping to try on the welly boot.**

AM PRIONNSA SEUMAS: An ann leibhse a tha seo? A' bheil mo bhana-phrionnsa ann am Barraigh?

**Both try on unsuccessfully, disappointed.**

BARRACH 1: Tha a' bhòtainn ro mhòr.

BARRACH 2: Tha a' bhòtainn ro bheag.

BARRACH 1 & BARRACH 2: Dh' fheuch sinn a' bhòtainn ach chan fhaigheadh sinn oirnn i!

SEOC: Tha sinn duilich a Sheumais - tugainn a-nise.

**They return to the boat.**

### **SONG: Bàta Sheumais Rann 2 Chorus (singing)**

Bàta Sheumais a' seòladh gu Uibhist  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd  
Bàta Sheumais a' seòladh gu Uibhist  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd

**They exit the boat.**

IAIN: Fàilte gu Uibhist!

SEÒRAS: 'S dòcha gu bheil i an seo, 's gun gabh sibh cuairtean 'romantic' air Tràigh Lingeigh!

**Two Uist residents enter, hoping to try on the welly boot.**

AM PRIONNSA SEUMAS: An ann leibhse a tha seo? A bheil mo bhana-phrionnsa ann an Uibhist?

**Both try the boot on unsuccessfully.**

UIBHISTEACH 1: Tha a' bhòtainn ro mhòr.

UIBHISTEACH 2: Tha a' bhòtainn ro bheag.

UIBHISTEACH 1 & UIBHISTEACH 2: Dh' fheuch sinn a' bhòtainn ach chan fhaigheadh sinn oirnn i!

**Prionnsa lets out a hearty sigh.**

**All cast exit apart from Prionnsa and Iain, who sit together stage left. Prionnsa looks deflated.**

AM PRIONNSA SEUMAS: Tha sinn a' ruith a-mach à ùine, bu chòir banais a bhith againn Oidhche na Nollaig - càite bheil i?

**This leads into split scene - Ceana-Ella enters and sits stage right, also looking disappointed. Mamaidh enters, sitting beside Ceana-Ella to comfort her.**

CEANA-ELLA: Tha mi ag iarraidh mo bhòtann a Mhamaidh - càite bheil i?

**(stage left)**

IAIN: Uill tha mìorbhailean a' tachairt aig àm na Nollaig, a Sheumais.

**(stage right)**

MAMAIDH: Tha fios agamsa dè bu chòir dhut a dhèanamh.

**Iain and Mamaidh produce paper and pencils from their pockets and present them to Seumas and to Ceana-Ella.**

**(stage left & right)**

IAIN & MAMAIDH: Sgrìobh litir gu Bodach na Nollaig!

**Iain exits stage left and Mamaidh exits stage right. Seumas and Ceana-Ella write their letters to Bodach na Nollaig simultaneously.**

AM PRIONNSA SEUMAS: A Bhodaich na Nollaig, am bliadhna chan eil ach aon rud air an liosta agam...



CEANA-ELLA: ...aon rud a tha cho prìseil dhomh...

AM PRIONNSA SEUMAS: ...tè a tha cho iongantach...

CEANA-ELLA: ...tè a tha cho cofhurtail...

AM PRIONNSA SEUMAS: ...cho beòthail...

CEANA-ELLA ...cho “practical”...

CEANA-ELLA & AM PRIONNSA SEUMAS: ...ged a tha fàileadh uabhasach aiste...

AM PRIONNSA SEUMAS: ...mo bhean.

CEANA-ELLA: ...mo bhòtann.

CEANA-ELLA & AM PRIONNSA SEUMAS: Tapadh leat.

**Chorus and Bodach na Nollaig enter to sing SONG: Bidh iad a’ tighinn air Oidhche Nollaig**

**During song, Seumas and Ceana-Ella place their letters in 2 different postboxes on each side of stage and sit looking hopefully out to the audience. Bodach na Nollaig reads their letters and taps his nose knowingly to the audience.**

**Chorus, Bodach na Nollaig and Seumas exit at song’s end.**

**Ceana-Ella sleeps peacefully, woken up by MAMAIDH and her sisters. Her sisters busily brush their hair and apply make-up.**

MAMAIDH: Dùisg a Cheana-Ella!

NINA: Seall – am bàta!

TINA: Am Prionnsa Seumas a’ tighinn air ais!

SÌNE: Tugnaibh!

**Ceana-Ella, Mamaidh and sisters exit.**

## Sealladh 6

**The boat makes another journey, with Prionnsa Seumas and staff on board. Chorus enter to sing.**

### **SONG: Bàta Sheumais Rann 3 Chorus (singing)**

Bàta Sheumais a’ seòladh gu Na Hearadh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd  
Bàta Sheumais a’ seòladh gu Na Hearadh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd

**They exit the boat.**

IAIN: Fàilte chun Na Hearadh!

SEÒRAS: Saoil a bheil i an seo, is dòcha gum bi “discount” aice aig taigh-staile an “Harris Gin”?

**Two Harris residents enter, hoping to try on the welly boot.**

AM PRIONNSA SEUMAS: An ann leibhse a tha seo? A bheil mo bhana-phrionnsa anns Na Hearadh?

**Both try the boot on unsuccessfully.**

HEARACH 1: Tha a’ bhòtann ro mhòr.

HEARACH 2: Tha a’ bhòtann ro bheag.

CÒMHLA: Dh’ fheuch sinn oirnn...

**Ceana-Ella and Mamaidh enter in a rush and Seumas spots her. Christmas music plays as Ceana-Ella and Seumas move in slow motion towards one another, as if into an embrace. Seumas goes for a hug, just as Ceana-Ella grabs the welly from him in triumph, leaving Seumas to fall over.**

CEANA-ELLA: Mo bhòtann! Tha mi air a bhith a’ coimhead anns a h-uile h-àit’!

AM PRIONNSA SEUMAS: Do bhòtann-sa! O Nollaig Chridheil - ’s tusa mo bhana-phrionnsa ma-thà!

CEANA-ELLA: Do bhana-phrionnsa? Is mise Ceana-Ella.

IAIN: Meal do naidheachd a bhana-phrionnsa Ceana-Ella!

**Staff place a robe and crown upon her, and give her a royal sceptre.**

CEANA-ELLA: Fuirich mionaid! Tha mise dìreach a' coimhead airson bòtann – chan ann airson banais! **(eyeing up the sceptre approvingly)** Ach taing airson a' bhat' ùr a Sheumais – bha mi feumach air! **(seeing that he is heartbroken)** Na gabh dragh a-nise – carson nach tig thu air Love Island?

**Ceana-Ella exits, chuffed to have her welly boot and new bat. Prionnsa looks disappointed.**

AM PRIONNSA SEUMAS: Ach dè mu m' dheidhinn-sa? Och, chan eil tè eile coltach riutsa a Cheana-Ella.

**Nina, Tina and Sine enter, now looking very different in overalls and wellies, copying Ceana-Ella's style. They enter shouting and shrieking for his attention.**

NINA: An tuirt thu tè coltach ri Ceana-Ella?

TINA: Oh Phrionnsa Sheumais!

SÌNE: A Sheumais! A Sheumais!

**Prionnsa is terrified, gathering his staff and exiting.**

AM PRIONNSA SEUMAS: Aaaagh! Tugnaibh - air ais gu bàta Sheumais!

**All cast return to stage to sing SONG: Glagan Binn.**

A H-UILE DUINE: Nollaig Chrìdheil!

AN DEIREADH





# **NOLLAIG AIR A' GHEALAICH**

Le Artair Donald

## **Caractaran**

### **Connie**

Nighean aonranach

### **Santa**

**Ad, Miotag, Corrag, Scarfa agus Stocainn**

Luchd-obrach Santa

### **Manaidsear**

Os cionn an droch fhactoraidh

### **Iar-Mhanaidsear**

Ag obair dhan Mhanaidsear

### **Gobbo, Failie, Tully**

Luchd-obrach a' Mhanaidsear

## **Sealladh 1**

**A' Phlanaid Aonranach (The Lonely Planet). Connie sings a Christmas song - "Glagan Binn"**

CONNIE: Halò 's fàilte chun na gealaich. Nach eil I snog? Seo far a bheil mise a' fuireach. Is mise Connie. Tha mi nam aonar an seo! Bha caraidean agam ach 's fhada bho nach fhaca mi iad, oir chaidh iad gu taobh dorcha na gealaich o chionn sia bliadhna a dh'fhaicinn dè bh' ann. Bha iad cho spòrsail aig àm na Nollaig. Nach e bhiodh math prèasant mòr fhaighinn bho Santa am-bliadhna. Mo charaidean fhaicinn a-rithist. Sgrìobhaidh mi litir gu Santa air eagal 's nach tig mo mhiann fìor.

**She writes letter and makes a paper plane and it flys to Santa factory.**

**(Lights of factory flash on/ off for thunder and lightning effects).**

**Blackout.**

## Sealladh 2

**Santa Factory - Helpers. Happy singing away at work – “Santa Clause is Coming to Town”?**

**Helpers are getting ready to deliver the presents.  
Ad and Miotag look through Santa’s list of presents.**

AD: Prèasant airson Mrs Melbourne.

MIOTAG: Prèasant beag.

CORRAG: Prèasant airson Miss Caimbeul

SCARFA: Prèasant mòr

STOCAINN: Prèasant airson Miss NicCoinnich.

STOCAINN: Oh tha, perfume a-rithist!

**They laugh and pretend to sniff air. They look at each other.  
Scarfa starts sniffing and walks to front of stage and points at teacher.**

UILE: oh aidh, tha i ann a sheo a-nochd.

**They all sneeze and laugh**

AD: Èist ris a seo. Dè chanas tu ri crùbag, nuair a tha i sgeadaichte mar Santa?

MIOTAG: Chan eil fios agam?

AD: Santa.... CLAUSE.

**She mimes crab claws - and pinches him.  
Jokes x4 ending with bad joke.**

CORRAG: Tha prèasantan eile ri fhaighinn fhathast mus tòiseach sinn air na ‘deliveries’ ge-tà!

SCARFA: Trobhad is nì sinn toiseach tòiseachadh.

**They start to sing a song as they go offstage left to get more presents. Santa comes on centre stage and starts to repeat above list.**

**After repeating list Santa says.**

SANTA: **(he is reading Connie’s letter)** - OOOhhhh tha mi cho sgìth! 'S e tòrr obrach a th' ann a bhith ag ullachadh airson na Nollaig. Tha mi a' dol a ghabhail 'break' beag.

**He starts to eat a kit kat and falls asleep amongst the presents (yawns)**

**The helpers re-enter still singing and carrying presents which they put on top of Santa in sleigh without noticing. They start to do check list before taking off.**

AD: Iuchair.

MIOTAG: Deiseil.

AD: Prèasantan.

CORRAG: Deiseil.

AD: Suiteis.

SCARFA: Deiseil.

UILE: Dè? Tha iad deiseil?

AD: Chan eil mise deònach ma tha na suiteis deiseil!

SCARFA: 'S e bha mi 'dol a ràdh ach, Deiseil is deònach falbh!

**They prepare to take off on sleigh**

### Sealladh 3

**Bad Factory. Lights come up on dark factory. They come in door. The Iar-Mhanaidsear comes in with workers and locks door behind them.**

IAR M: Sin agaibh an 'toilet break' seachad, air ais a dh'obair a bhleagairtean.

**Iar M leaves. The elves are busy working round the table. They are sad.**

GOBO: Ach an t-acras a th' orm, nach e piotsa a bhiobh math an àite 'beans' fad na h-ùine. 'Beans, beans' agus tuilleadh 'beans'. A Ghia!

FAILIE: O tha e cho dòrainneach anns an àite tha seo. Saoil dè tha tachairt aig Connie.

TULLY: Tha mi cinnteach gum bi cearc ròiste agus buntàta agus grèibhidh. Ag obair gu cruaidh gun sgillinn ruadh!

**They do fed-up noises as they work. They shake some of the boxes – they are all curious to see what is inside. One of them rips one of the boxes it is a box of maltesers – they are all for the Manaidsear.**

**They throw sweets to one another to catch. 3 Different movements.**

FAILIE: O tha seo cho blasta!!

TULLY: mmmmm.MMMMMMM.mmmmm...

GOBO: Tha seo tòrr nas fheàrr na 'beans'.

**We hear Failie fart quietly – s/he looks around – and acts like s/he has done nothing wrong.**

**Then Gobbo does a medium sized fart.**

FAILIE: O cò leig às, 's nach do leig air?

GOBBO: Cò air a tha thu a' bruidhinn? (as he coughs)

FAILIE & TULLY: Dè!

**Tully lets off an almighty fart – 2 guys hang on to table.**

TULLY: O, tha mi duilich.

FAILIE & GOBBO: O Tully!!

**They all run round table. Failie and Gobo bang into each other and fall down. Manaidsear enters followed by Iar-Mhanaidsear. Manaidsear is counting his money.**

MANAIDSEAR: Deich, fichead, trithead, ceathrad, caogad, seasgad, seachdad, ochdad, naochad, Ceud!! (He laughs)

MANAIDSEAR: Dè tha sibh a' dèanamh nur cadal - air ais a' dh'obair an-dràsta fhèin!!!

**Then Manaidsear says to the boys:**

MANAIDSEAR: Thoir dhomh caogad.

IAR M: An dèan thu caogad?

FAILIE & GOBBO: Ach.... Ach....ach...Caogad dè?

MANAIDSEAR: Ach....ach....ach....Caogad 'press-up' amadain.

TULLY: Ach...ach...ach...de th' ann am 'press-up'?

MANAIDSEAR: Seall dhaibh Iar M.

**They do press ups.**

IAR M.: Ach....ach.....dè tha sin?

MANAIDSEAR: Chan e seo, ach seo!

**They imitate the Manaidsear stance**

GOBBO & FAILIE: Seo?

**Manaidsear gets wild and shows them what he means by doing the press ups -**

MANAIDSEAR: Chan e sin ach seo!

UILE: Seo?

IAR M – Sin e.

**Manaidsear hits Gobbo on the backside. They all do the press ups. Manaidsear gets up and leaves to have a cup of tea.**

MANAIDSEAR: Air ais a dh'obair.

IAR M: Aidh, air ais a dh'obair.

**Manaidsear and Iar M leave the stage.  
Tully to tell joke here.**

TULLY: Gnog Gnog?

GOBBO: Ist, chan e seo an t-àm airson fealla-dhà.

FAILIE: O feumaidh sinn faighinn a-mach a seo!

GOBBO: Èist ris a seo – tha plana agamsa!

TULLY: Dè tha sin?

FAILIE: Ist amadain, plana, sin dè sin!

TULLY: Sin dè sin, dè?

**Gobbo gets annoyed.**

GOBBO: Nach ist thu! Co-dhiù, am plana agam – faodadh sinn am ‘boss’ a chur an greim agus a chur am broinn a’ bhogsa mhòr a tha seo, an iuchair fhaighinn agus an uair sin a phostadh gu ‘Mars’. An uair sin ’s dòcha gum faic sinn ar caraaid Connie a-rithist.

FAILIE & TULLY: Ghobbo, abair plana math.

GOBBO: Agus an uair sin bidh sinn saor!

**They then shout for the boss with the help of the audience!  
They shout for the boss with the audience 3 times.**

UILE: Aon, dhà, trì.....

MANAIDSEAR: Dè tha dol an seo? Nach do sgioblaich sibh an àird?  
Agus dè tha ’m bogsa mòr sin a’ dèanamh air an làr?

FAILIE: Tha rudeigin snog na bhroinn dhuibh.

TULLY & GOBBO: Prèasant bhuanne.

MANAIDSEAR: O tha sin cho snog, agus mi cho grot ribh.

**Manaidsear looks into the box and they push him in. They run to the door, it's locked.**

FAILIE: An iuchair, càite bheil i?

**Iar M comes in.**

IAR M: Dè tha dol an seo? Càite bheil am ‘boss’?

**She goes to the box opens it. She looks shocked. The Elves all look innocent. Iar M tries to pull Manaidsear out of box but elves push her in also. They get the key and escape.**

MANAIDSEAR: Fuirich thusa gus a faigh mise a-mach às a seo.

IAR M: Fuirich thusa gus a faigh mise a-mach às a seo.

MANAIDSEAR: Ist oinnsich ’s tusa is coireach gu bheil mise anns a’ bhogsa a tha seo.

AN DITHIS: Cuidich sinn!!!!

#### Sealladh 4

**Crash landing moon - Santa elves. Connie is walking towards the dark side of the moon, she is scared and looks around and sees a shooting star and she makes a wish - Waterboys music "Whole of the Moon".**

CONNIE: O tha mi dìreach a' dol a ghabail mionaid no dhà airson m' anail fhaighinn air ais. Seall rionnag-earbail, feumaidh mi miann iarraidh - **(she makes a wish, she is about to tell the audience)** - hmmm chan eil math dhomh innse dè bha mi ag iarraidh air neo cha tig e fìor.

**Connie Hides - The crashing noise continues as the helpers run across stage with the sleigh and back again before going in a big spin centre stage and stopping with the crescendo of noise and the helpers spin towards each other and fall to the ground. (dazed and confused)**

AD: Càit' a bheil sinn?

STOCAINN: Tha sinn air a' ghealaich....

MIOTAG: Dè mu na prèasantan?

SCARFA: Bidh Santa crosta ma tha iad briste!

CORRAG: Càit' a bheil an liosta?

STOCAINN: **(looks all around the trolley, gets anxious)** Seo, fhuair mi e!

AD: **(checking presents)** Uill tha e coltach gu bheil a huile prèasant ann. Ach a-nise feumaidh sinn fònach gu Santa a dh'innse dha dè 'thachair.

**Moving Downstage.**

MIOTAG: Innis thusa ma-thà.

AD: Siuthad thusa, tha thusa nas fheàrr na mise air cabadaich!

**They have a slagging match**

MIOTAG: Chan eil mi...

AD: Tha thu.

**X5.....gets out of control.**

CORRAG: Nach ist an dithis agaibh, bruidhinn thusa ri Santa!

**She gives phone to Stocainn.**

STOCAINN: Thusa!!

**She gives phone to Scarfa who hands it to Ad.**

SCARFA: Bruidhinn thusa ris.

**Phone call.**

AD: Halò Santa, Ad an seo.

SANTA: **(drops phone)** Oooo am fòn agam!!

**They look round.**

SANTA: Aha Halò...OH HOO..OOO...

AD: Santa, Halò, tha droch naidheachd agam!

**Santa enters from background.**

SANTA: Oh hohohooooo, de th' ann?

SCARFA: Dè tha e 'g ràdh?

AD: Isd. Tha sinn air 'crash landadh' air a' ghealaich!!

**(Scarfa holds her head in her hands expecting the worst)  
Santa has been walking towards the two helpers from behind when Santa puts his hands on their shoulders and makes them jump with fright!**

UILLE: Aaarrggghh! Santa!!!

**They each grab an arm of Santa and they all spin round 3 times. Falling to the floor.**

SCARFA: Dè thachair?

ALL: Tha Santa air ais!

SANTA: Tha rionnagan a' dol mun cuairt nam cheann.

STOC: Ach Santa, feumaidh sinn cabhag a' dhèanamh!

AD: Feumaidh Santa! Tha I ceart airson a' chiad turas a-riamh, Trobhad Santa, èirich!!

**They help Santa back towards sleigh.**

**When they help Santa to his feet it should be with a comedy struggle.**

CORRAG/SCARFA: Tha fìos againn a-nise cò dh'ith na 'mince pies'!

SANTA: **(Laughs)** Ho Ho HO!

AD: Càit' an robh thu, ciamar a fhuair thu an seo?

Santa: Uill, tha e mar seo, bha mi air cùl na sleids agus bha mi dol mun cuairt is mun cuairt is mun cuairt agus an uair sin, tha mi an seo! An e Dun Èideann a tha seo?

UILE: O chan e. Tha e ro shnog.

SANTA: An e Inbhir Nis a tha seo?

UILE: Chan e, chan eil iad a' bruidhinn 'gobboldy-gook'!

**(Santa starts to think about why he should remember this place. The helper pulls his arm.)**

SANTA: Tha cuimhn' a'm, 's e a' ghealach a th' ann!

AD: Tha cabhag oirnn Santa!!

SANTA: Carson?

MIOTAG: Prèasantan Nollaig ri libhrigeadh.

SANTA: Bha mi a' smaoinichadh gun robh rudeigin agam ri dhèanamh. **(raising defiant arm in air)** Air ais dhan t-sleids! Tha cabhag oirnn!!

**Santa gets onto sleigh.**

STOCAINN: Deiseil is deònach airson 'take-off'!

**AD is looking all over the place.**

SCARFA: Dè tha ceàrr?

AD: Chan eil càil. Chan eil e 'g obair.

**AD finds key in pocket. Maybe comedy with finding key on third try.**

CORRAG: Uill feuch a-rithist e!

AD: Chan eil, chan eil e ag obair.

**Makes mistake with the key.**

AD: Oh duilich, 's e iuchair an 'tuck-shop' a tha seo.

MIOTAG: Aon uair eile!

AD: Ceart ma-thà!

UILE: WHHOOOOWWAAA!

UILE: AAAAAAGGGGGHHH!!

**They fly offstage as fast and as comfortable as is safe for the actors.**



## Sealladh 5

**Air Chall (Lost).** Ad falls off sleigh as it takes off and she is lost in the darkness and coldness of the moon. Connie has been watching. It gets very dark and the zombie dance sequence starts. She is midstage (music and dance routine start); zombies circle Ad. Connie runs into the circle. The music starts - dance - ends with gobbledy gook between Connie and Zombies. Zombies leave; Connie and Ad talk.

AD: O taing mhòr airson do chuideachadh, chuir iad eagal mo bheatha orm.

CONNIE: Na gabh dragh, tha iad a' coimhead nas eagalaiche na tha iad.

AD: Bha mi a' smaointinn gun robh iad a' dol gam ithe.

CONNIE: Cha bhi iad ag ithe ach dust na gealaich. Direach 's toil leotha a bhith a' dannsa. Haidh, is mise Connie.

AD: Is mise Ad. Chaill mi Miotag, Corrag, Scarfa agus Stocainn...

Connie: Chaill thu dè?

AD: 'S iad mo chàirdean, chan e m' aodach, no mo chorrag!

**They both laugh**

CONNIE: O tha mi 'tuigsinn. Chaill mise mo charaidean cuidachd agus tha mi air a bhith gan lorg airson sia bliadhna.

AD: Tha sin duilich a chluinntinn.

CONNIE: Trobhad comhla rium 's chì sinn an tèid againn air do chàirdean a lorg.

**They exit and head for the dark side - they might do a quick moon dance.**

## Sealladh 6

**Elves signalling for help.**

**Song: How happy we are to escape from the factory.**

**Failie, Gobbo, Tully and the other helpers are dancing, they are all happy that they have escaped from the factory. They stop for a rest.**

FAILIE: Tha mi cho toilichte a bhith a-mach às an fhactaraidh!

TULLY: Mise cuideachd.

FAILIE: Ach ciamar a gheibh sinn dhachaidh?

GOBBO: Dh'fhaodadh sinn sleids a thogail.

TULLY: Le dè?

FAILIE: Gheibh sinn càr!

GOBBO: Càite, amadain ghoraich!

TULLY: Sàmhach!

**A cardboard car drives behind them. It has TRUMP TOURS imprinted on it.**

FAILIE: (waves at car) Halò!

**Gobbo looks gobsmacked**

GOBBO: Am faca sibh am fiolm "Batman"?

FAILIE & TULLY: Chan fhaca!

GOBBO: Uill anns an fhiolm tha Ialtag aig "Batman" le solas mòr air. Agus ma bhios trioblaid sam bith ann, bidh an solas air an Ialtaig a' lasadh an àird.

FAILIE & TULLY: Ach an uair sin chì am Manaisdear far a bheil sinn!

GOBBO: Uill, dh'fhaodadh sinn teine a thogail, agus planadh dè a nì sinn. Thalla agus faic dè ghabhas faighinn airson a chur air an teine.

**They all join hands in the middle and spin round and round.**

UILLE: Air ais ann an uair a thide.

**Reprise of song at top of scene!**

**They all head off in different directions. Bending down occasionally as if to pick something up. Walk about stage in a moonwalk style. I.E. Gravity?**

**Music idea - The Waterboys 'The whole of the moon'?**

**They all come back; Tully sits down for a rest.**

GOBBO: Fhuair mise creag.

FAILIE: Fhuair mise an 'torch' aig Neil Armstrong, ach chan eil biùg innte.

**Gobbo puts the rock down on Tully's foot.**

TULLY: AAaggghhhhhh!!! MO CHAS! MO CHAS!!

**Gobbo takes the rock off her foot.**

GOBBO: Tha mi duilich.

TULLY: Tapadh leat! Ach cha robh e goirt. Bha mi dìreach ri cleasachd.

FAILIE: Dè fhuair thusa?

TULLY: Fhuair mise dealbh, seall!

GOBBO: Thoir dhomh sin!

**Gobbo puts the picture in front of torch. (computer effects - picture of reindeer).**

GOBBO: Seall 's e 'reindeer' a th' ann.

TULLY: Dè nì sinn a-nise ma-thà?

FAILIE: Feumaidh sinn dìreach suidhe agus feitheamh!

TULLY: Cha toil leamsa a bhith 'feitheamh!

FAILIE & GOBBO: SSShhh, sàmhach!

**Silence then Tully tries to tell one of his jokes. They both stop her.**

**They sit looking up at the stars, Tully lies down to go to sleep. Still looking up at the stars.**

GOBBO: Dè nì thusa nuair a gheibh thu dhachaigh?

FAILIE: Tha mi a' dol a dh'ithe piotsa mòr!

**A reindeer appears; it is friendly.**

RD: Halò is mise Ruldoph.

GOBBO: Dè tha thusa a' dèanamh an seo?

RD: Chuala mi gu bheil sibh air ruith air falbh bhon fhactaraidh. Bheir mise air ais chun a' 'Sea of Tranquility' sibh, agus gheibh sibh bàta dhachaigh.

**Failie and Gobbo both look back and then look at each other.**

GOBBO: Mile taing.

FAILIE: Tha sinn air an t-slighe dhachaigh.

RD: Nach cadail sibh air an t-slighe. Cumaibh greim!

UILE: WHoooooooooooo....

**They go into sleigh with Ruldoph - he is only pretending to be Rudolph. He is a crazy, bad reindeer. They take off.**

## Sealladh 7

**Ad air a' Ghlacadh. (Hat's capture). Ad and Connie are walking where the elves had the fire - they make their way towards the factory - they hear shouting - Cut to: lights up on factory. The manager still trying to escape. He is shouting and ranting!**

**Cut back to Ad and Connie moving across backstage from left to right, she stops midway and moves up stage centre and then goes towards door of factory.**

IAR M: Cuidich sinn!!!

AD: Halò, dè tha 'dol? Càit' a bheil sibh?

MANAIDSEAR: Anns a' bhogsa.

CONNIE: Dè tha sibh a' dèanamh a-staigh an sin?

MANAIDSEAR: Uill, **(coughing)** bha mi ..... bha mi dìreach a' feuchainn a-mach dèideag ùr airson clann - airson prèasant ùr,inntinneach, spòrsail agus làn ionnsachaidh a thoirt dhaibh!

**Getting fed up being nice.**

Manaidsear: A-nise an toir thu cuideachadh dhomh!

Iar M: Thoir cuideachadh dhomhsa cuideachd!

**Ad and Connie ask the audience.**

Ad: Am bu chòir dhuinn cuidheachadh a thoirt dhà!

LUCHD-ÈISTEACHD: Cha bu chòir/ Bu chòir.

**Repeat 3 times**

**Hopefully the audience will reply** Cha bu chòir.

**Manaidsear should reply each time with** Bu chòir.

AD: Am bu chòir dhomh an cuideachadh?

MANAIDSEAR: Bu chòir!

IAR M: Bu chòir!

**Hopefully the audience will respond "cha bu chòir"!**

**Manaidsear pretends to be upset almost crying.**

MANAIDSEAR: An leig thu a-mach mi, Pllleeeaaassee!!!

**Ad releases the Manaidsear and Iar Mhanaidsear. He jumps out giving Ad a fright and knocking her over. There is thunder and lightning and the lights go out. The lights are flashing as lights come back on. We see the Manaidsear has caught Ad and is making her work at the sweetie table.**

MANAIDSEAR: Seo far am bi an dithis agaibhse ag obair bho seo a-mach! Tha prèasantan grot ri dhol a-mach gu clann mhodhail.

AD: Cha bhi mi!

CONNIE: Dè tha thu a' ciallachadh.....ag obair dhutsa?

IAR M: Seo an fhactaraidh aig a' 'Bhoss' agus tha sinne a' goid prèasantan na cloinne agus gan cumail dhuinn fhèin. Cha toil leinn an Nollaig.

**Manaidsear and Iar M. are in evil mode - boooaaaa!  
Ad gets a signal on the phone and sends a txt to Santa.**

## Sealladh 8

**Santa enters centre stage.**

SANTA: ....agus an uair sin chaidh na h-eilbhichean air chall, dìreach mar sin!

MIOTAG; Tha sin uabhasach!

**Santa gets Ad's txt.**

SANTA: Leugh an teacsa dhomh!

CORRAG: CUIDICH SINN! THA SINN ANN AM FACTARAIDH FEAR, AM 'BOSS', AIR TAOBH DORCHA NA GEALAICH. SEO AGAD NA 'CO-ORDINATES'.....

MIOTAG: Seall shìos an sin! Seall, tha e dearg mar an t-sròin aig Rudolph!

SANTA: Tha e coimhead coltach ri Rudolph ceart gu leòr, ach bha mise den bheachd nach fhaicinn e gu bràth tuilleadh. A RULDOPH!!!

SCARFA & STOC: Chan eil seo ceart! Às a dheidh.

**They get close to reindeer but it goes off with the elves. Miotag looks at coordinates; they follow the reindeer back to the factory.**

## Sealladh 9

**The Factory. The reindeer arrives back with the escaped elves. The reindeer throws glitter on them. They wake up.**

MANAIDSEAR: A! Tha sibh air ais!

IAR M: A! Tha sibh air ais!

MANAIDSEAR: IST!!

IAR M: (she makes a shhhh action with her finger.)

MANAIDSEAR: Air ais a dh'obair a ghràisgean!!

**The door bells goes. It is Santa and the rest of the crew at the door. Gnog gnog joke maybe??**

MANAIDSEAR: Cò tha sin?

UILE: Fosgail e agus gheibh thu a-mach cò th' ann?

IAR M: Chan eil duine a-staigh an seo. Thalla, cha toil leinn an Nollaig!

**He makes action that that might have made them leave. Knock again at door. Manaidsear opens door and it is Santa.**

MANAIDSEAR: Dè tha sibh ag iarraidh?

SANTA : Tha, mo chàirdean a bhalaich.

**The rest of them start to shout -**

AD & CONNIE: Santa, tha sinn an seo, cuidich sinn!

STOCAINN: Seo an t-àite ceart, tha na 'coordinates' ceart Santa.

**They push their way into the factory - they all hug and are so glad to see everyone they have not seen in a while - ad libs of happy happy whooping.....**

MANAIDSEAR : STAD! A-MACH A SEO.....

**Santa throws some magic dust and manaidsear is made to sit down -magically though!**

CONNIE: Dè th' agaibh an aghaidh na Nollaig?

IAR-MHAN: Nuair a bha mi òg....

MANAIDSEAR: Stad, sin an sgeulachd agamsa! Nuair a bha mi ochd bliadhna a dh'aois, bha m' athair ag obair mar fear nam fiacalan agus cha robh cead agam suiteas sam bith ithe no prèasantan fhaighinn.

IAR-MHAN: Tha robh cead aige suiteas sam bith ithe!

MANAIDSEAR: Stad!

AD: Obh obh, tha sin uabhasach! **(AD slowly creeps toward stage right)**

MANAIDSEAR: Chan eil mi deiseil.....Nuair a bhàsaich m' athair, thòisich mi 'g obair airson m' uncail! Is thug e mi air falbh a' dh'obair anns an fhactaraidh seo, factaraidh a tha a' dèanamh suiteis ghrot agus a' goid nam prèasantan aig clann mhodhail!!

**Santa stops the carry-on.**

SANTA: Uill tha sin duilich.

CORRA: Ach cha leig thu leas a bhith dona a-nise.

MANAIDSEAR: Chan eil fhios a'm ciamar.

CONNIE: Uill faodadh tu tòiseachadh air suiteis mhath a thoirt seachad an àite feadhainn ghrot!

FAILIE: Agus thusa Ruairidh Reindeer, feumaidh tusa a bhith modhail.

RD: Tha mi cho duilich ach bhon a chaidh mi gu taobh dorcha na Gealaich chan eil e air a bhith cho math. Tha mi ag ionndrainn mo charaidean.

SANTA: Nach till thu còmhla rinn a Ruairidh Reindeer, oir feumaidh sinn a bhith snog ri chèile.

CONNIE: Tha sin ceart Santa. Taing mhòr airson lorg fhaighinn air mo charaidean. Thàinig mo mhiann fìor.

**Santa shows her the letter and he winks. She is amazed that he got the letter. The Manaidsear gets the place ready for a party and the stage lights up.**

AD: Chan eil an aon bhlàs air a h-uile suiteas! Tha 'strawberry', teòclaid, orains, tofaidh agus tòrr bhlàsan eile ri fhaighinn. Sin an t-adhbhar a tha suiteis cho math, tha iad a' còrdadh ris a huile duine! Fhad 's nach ith iad cus!

MANAIDSEAR: Nollaig mhath dhuibh.

**We could have cèilidh music and do one of their Christmas dances.**

## **Sealladh 10**

SCARFA: Prèasant dhutsa?

SANTA: Feumaidh tu prèasant a chumail dhut fhèin gus an tig an Nollaig!

MANAIDSEAR: Prèasant dhòmhsa?!

SANTA: Seadh!

MANAIDSEAR: Tha e còrdadh rium mar-thà a bhith math!

**They hug.**

MANAIDSEAR: An e sin e?

MIOTAG: Chan e! Feumaidh tu innse dhan a h-uile duine, gu bheil thu gu bhith math bho seo a-mach!

MANAIDSEAR: Bidh mise math, bho seo a-mach!

ELF: Feumaidh tu a h-uile daoine leigeil dhachaigh agus am pàigheadh airson a bhith ag obair gach là.

GOBBO: Agus feumaidh biadh math a bhith ann.

TULLY: Mar Pìotsa..

MANAIDSEAR: Ceart gu leòr.

TULLY: Seo am prèasant agad!

FAILIE & GOBBO: Agus tha aon rud eile ann!

MANAIDSEAR: Dè?

**Everyone gets a present from Santa - ad-libs.**

SANTA: Uill tha mi toilichte gu bheil sinn air a chèile fhaicinn aon uair eile. Chan eil càil nas fheàrr na bhith còir ri chèile.

CONNIE: Seo agad an Nollaig as fheàrr a th' air a bhith agam!

FAILIE & GOBBO: Feumaidh a h-uile duine òran a sheinn!

**Everyone moves to front of stage and sings "I'm Dreaming of a White Christmas" or another song of the group's choice.**



## **CÒ GHOID AN NOLLAIG**

Le Artair Donald

### **Caractaran**

**Patsaidh, Popaidh, Pòl**  
Caraidean

**Blackbeard**  
Fear mosach

**Tash**  
Ag obair dha Blackbeard

**Manaidsear**  
Os cionn factoraidh nam prèasantan

**Elf 4, Elf 11, Elf 12, Elf 1, Elf 2, Elf 1**  
Luchd obrach an fhactoraidh

**Pamela**  
Nighean bràthair Blackbeard

### Sealladh 1

**Patsaidh & Popaidh run on to the stage. They are playing a game.**

PATSAIDH: Oh tha mi 'n dòchas gum bi sneachd ann a-màireach a Phopaidh!

POPAIDH: Bhiodh sin fada a-mach a Phatsaidh, sneachd air Là na Nollaig!

PATSAIDH: Saoil dè tha Santa a' dol a thoirt thugainn airson na Nollaig.

POPAIDH: iPad 2 's dòcha?

PATSAIDH: iPhone 4s agus clàr ùr One Direction?

POPAIDH: One Direction, a ghia! Chan eil One Direction a' dol ach ann an aon Direction, agus 's e sin sìos. ( THUMBS DOWN)

**(Playful argument ad-lib) we hear a sound - text message bleep!!**

POPAIDH: Cò tha sin? Am bràmair, an e? (KISS KISS)

PATSAIDH: Bi sàmhach! Tha thusa dìreach farmadach.

POPAIDH: (Looks at the time) Seall an uair a Phatsaidh, feumaidh sinn a dhol dhachaigh no cha tig Santa.

**They run to the house - the door is locked!**

POPAIDH: A bheil an iuchair agad?

**Patsaidh walks away slowly as if to make off but is stopped by Popaidh**

PATSAIDH: Chan eil..... tha I..... am broinn an taighe!

POPAIDH: Haoi stad..... a Phatsaidh chan eil sin gu feum, a bheil?

PATSAIDH: Caite bheil an iuchair agad fhèin?

POPAIDH: (She looks sheepishly and points) Uill..... am broinn an taighe.

PATSAIDH: Oh Phopaidh, chan eil sin gu feum, a bheil?

**They look around. Pòl comes on to the stage and approaches the door.**

P&P: Haidh a Phòil.

PÒL: Dè tha an dithis agaibhse ag iarraidh?

PATSAIDH: Leig a-steach sinn.

POPAIDH: Please!!

PÒL: Tha sibh air an iuchair fhàgail a-rithist.....Doh!! Fichead not agus 's e "deal" a th' ann!

PATSAIDH: Mur a leig thu a-steach sinn chan fhaigh thu prèasant bho Santa.....

POPAIDH: ..... 's chan fhaigh clann sam bith air feadh an t-saoghail prèasant agus cha bhi Nollaig ann.

PATSAIDH: Agus 's e do choire-sa a bhios ann.

**Opens door. P&P high five; they have got Pòl again.**

PÒL: Ok ma-thà! Tha sibhse coltach ri na peathraichean grànda!!

**They chase Pòl off stage.**

## Sealladh 2

**Loud footsteps - Blackbeard and Tash enter - Blackbeard is eating cake - Tash is eating the crumbs on the ground - we hear them recite the rhyme.**

'S TOIL LEAM ÀM NA NOLLAIG  
THA SANTA CLAUSE A' TIGHINN  
BIDH MISE A' GOID NAM PRÈASANTAN  
AIG BALAICH IS CLANN-NIGHEAN

BLACKBEARD: **(laugh) shining torch on audience** - Hahahahahahahahaa!! Tha Nollaig eile a' tighinn agus tha sin a' ciallachadh..... TÒRR PHRÈASANTAN AGUS TÒRR CÈIC NOLLAIG! 'S toil leamsa cèic, tòrr mòr cèic!! MMMMMMmmmmmm!

TASH: Mise cuideachd.

**Tash picks cake crumbs from the ground - about to eat it - Blackbeard snatches it out of Tash's hand.**

BLACKBEARD: Haoi! 'S ann leamsa a tha a' chèic sin! Tha mi gus fanndaigadh an seo!

TASH: Duilich....tha e a' coimhead cho blasta Mgr Blackbeard.....

BLACKBEARD: Oh tha...yum yum.....leums'! Feumaidh sinn falbh, chan eil ùine agamsa a bhith a' bruidhinn ri daoine.

**Blackbeard walks off - Tash begins to eat crumbs.**

TASH: Tha e cho mosach. Tha Blackbeard ag ithe a h-uile càil, agus chan eil mise a' faighinn ach criomagan. **To audience - aaawwwww**

BLACKBEARD: Haoi, dè am fuaim tha seo, dè tha thusa ag ràdh?

TASH: Chan eil càil a Mgr.....

BLACKBEARD: Greas ort!!! Quick March!! A-mach à seo!

**They both exit reciting the rhyme.**

'S TOIL LEAM ÀM NA NOLLAIG  
THA SANTA CLAUSE A' TIGHINN  
BIDH MISE A' GOID NAM PRÈASANTAN  
AIG BALAICH IS CLANN-NIGHEAN

## Sealladh 3

**Factory - elves working at production line - they sing  
Elves - enter, they form a circle and march and sing - then line up - enter the manaidsear -**

HÌ-HÒ-HÌ-HÒ  
MISE 'S THUSA 'S CÒ  
AG OBAIR CRUAIDH  
GUN SGILLINN RUADH  
HÌ-HÒ-HÌ-HÒ

HÌ-HÒ-HÌ-HÒ  
MISE 'S THUSA 'S CÒ  
AG OBAIR TRANG  
GUN MÒRAN TAING  
HÌ-HÒ-HÌ-HÒ

MANAIDSEAR: ÈIST ÈIST ÈIST!!!

ELVES: ÈISG, ÈISG ÈISG? CÀITE. **(All say èisg one after another)**

MANAIDSEAR: Chan e Èisg. Ach ÈIST!!!

**They all sit -**

MANAIDSEAR: Tha sin nas fhèarr. A-nise, tha duais agam airson neach-obrach na mìosa.

**They all cheer**

ELF4: 'S e mise a bhios a' faighinn neach-obrach na mìosa!

MANAIDSEAR: Ummmm.....cha tu!

ELF11: Tha mise air a bhith ag obair cruaidh, tha còir agamsa buannachadh!

MANAIDSEAR: Ummm....uill...chan eil ...chan eil CHAN EIL!!!!!!

ELF11: Oh huff puff...chan eil sin ceart!

MANAIDSEAR: HUFF PUFF. Sguir dhe do chuid gearain a h-aon-deug.

ELF12: Hurà, Hurà...mise...bhuannaich mise.



MANAIDSEAR: 'S math a rinn thu. A-nise air ais a dh'obair. Tha an Nollaig air faire!

**Manaidsear exits. Other elves work in background; Elf 11 at front of stage. They sing.**

HÌ-HÒ-HÌ-HÒ  
MISE 'S THUSA 'S CO  
AG OBAIR TRANG  
GUN MÒRAN TAING  
HÌ-HÒ-HÌ-HÒ

ELF 11: Tha mise ag obair cruaidh gach latha. Tha mi a' fàs seachd searbh sgith dhen àite seo.

**Elf 12 enters.**

ELF12: Seall na prèasantan sgoinneil a tha 'chlann a' faighinn am bliadhna! Siuthad a h-aon-deug, goid prèasant!

ELF11: Tha làn fhios agad nach eil math dhomh. 'S ann dhan chloinn a tha iad.

ELF12: Siuthad , goid prèasant, cha bhi fios aig duine.

ELF11: Chan urrainn dhomh.

**12 Throws present at 11 and vice-versa; this goes on for a while. Then the factory lights go out -----screams!  
Spotlight on each elf - they assume different poses.**

ELVES- CÒ GHOID AM PRÈASANT.....

ELVES - CHAN E MISE.....

**The lights go to black and all the elves run off.**

#### **Sealladh 4**

**Elf 1 (Eilidh), Elf 2 (Liefje), Elf 10 (Lachlann), Elf 11 (Connel)  
The three Elves 1, 2 & 10 see Elf 11 who is on the stage and looking at a present.  
He puts the present behind the bin and leaves the stage.**

ELF 1: Seall, ghoid àireamh a h-aon-deug prèasant.

ELF 2: 'S dòcha gur esan a ghoid an Nollaig!

ELF 10: Feumaidh sinn stad a chur air.

UILE: Nach tèid sinn às a dhèidh?

**The 3 elves come out from behind the set.**

ELF 10: Carson a dh'fhàg e am prèasant an sin?

**Elf 1 picks up the present .**

ELF 1: Tha e gu math trom, saoil dè th' ann?

ELF 2: Tha cuideigin a' tighinn!

ELF 10: Cuir am prèasant air ais, greas ort!

**Elf 1 puts the present back behind the bin and hides behind the set.  
Elf 11 returns with another present.**

ELF 2: Seall, ghoid e prèasant eile!

ELF 10: Ceart ma-thà, feumaidh sinn a ghlacadh!

**Elf 11 hears the other elves, he looks around and runs off the stage. The other elves appear and chase after him.**

### Sealladh 5

**Blackbeard and Tash enter with a shopping trolley full of presents. Elf 11 is in the trolley - unknown to Blackbeard - picks up a present and shakes it.**

BLACKBEARD: 'S ann leamsa a tha am prèasant seo agus am prèasant seo agus am prèasant seo cuideachd. **(Laugh laugh)**

**Tash picks up a present, shakes it and drops it!**

TASH: OOPS! Duilich!

BLACKBEARD : Shakes his head! 'S e amadan a th' annad! Amadan! A bheil thu ag èisteachd!

TASH: Dè!! Oh aidh, 's e amadan a th' annam!! Am faod mise prèasant fhaighinn?

BLACKBEARD: Chan fhaod! Amadain!

**While Blackbeard is not looking Tash puts a wee present in her pocket. Elf jumps out from trolley.**

ELF 11: 'S ann leamsa a tha am prèasant seo!

BLACKBEARD (Gets a fright): Dè idir a tha seo.....Cò thusa?

TASH: Aidh cò thu? Dè tha thu a' dèanamh san trolaidh againn.

BLACKBEARD: 'S e an trolaidh agams' a th' ann.

ELF11: Fuirich air ais, air neo.....

BLACKBEARD: ....air neo dè?

TASH: Aidh, dè?

**Blackbeard looks at Tash as if to say shut it - Elf 11 gets his chance to run.**

ELF11: Tìoraidh-ò.....

BLACKBEARD: Às a dhèidh Tash.....às a dhèidh.

**They run after elf and exit stage.**

### Sealladh 6

**In the house - sitting room**

**Pòl is playing a computer game. Patsaidh & Popaidh rush in.**

PÒL: Dè tha na peathraichean grànda ag iarraidh a-nise?

P&P: An cuala tu an naidheachd?

PÒL: Dè an naidheachd?

P&P: An naidheachd air an rèidio.

PÒL: Dè an rèidio?

P&P: Rèidio Nan Gàidheal!

PÒL: Dè?

P&P: Gun deach an Nollaig A GHOID!

PÒL: A GHOID!! No way Jose!!! Cò a dh'innse sin dhuibh?

PATSAIDH: DOH! Air an rèidio!!!

PÒL: Tha sin a' ciallachadh nach fhaigh sinn prèasantan am bliadhna.

POPAIDH: Thus' is coireach.

PÒL: Mis' is coireach? Ach ciamar?

POPAIDH: **(trying to come up with a reason)** Ummm.... Air sgàth 's gur e gille a th' annad.

PATSAIDH: Dè tha sinn a' dol a dhèanamh. Chan eil mise a' dol a dh'fhaighinn càil am bliadhna.... **(Cry)** One direction, iphone.....oh

PÒL: Nach sguir thu a' rànail... Tha plana agamsa.

P&P: **(Both laughing)** Plana agadsa, och ist!!!

PÒL: Coinnichibh rium ann an dà mhionaid. Cuiribh oirbh aodach blàth . Thig sinn a lorg cò ghoid an Nollaig!

**Pòl exits; P&P cry and hug. Then goes to black.**

## Sealladh 7

**Enter Pamela - she is eating cake - she leaves a trail behind her - she sings - badly**

THA EMILY DHONN  
A' DANNSA A-NOCHD  
A' DANNSA GU MADAINN SHNOG

PAMELA: Yum yum ach cho math 's a tha a' chèic Nollaig a tha seo.....Latha na Nollaig a-màireach, prèasantan agus tòrr mòr cèic.....

**We hear footsteps. Patsaidh, Pòl, and Popaidh approach. Pamela hides in the bin; they are following a cake trail. Pòl has a magnifying glass and a deer stalker hat - Sherlock Holmes clobber.**

PATSAIDH: Cò idir a bha 'seinn?

POPAIDH: Bha e mar gun do sheas cuideigin air earball cait!

PÒL: Shhhh...nach bi sibh sàmhach, tha mi smaoinichadh an seo.

PATSAIDH: Tha sinn a' faicinn a' cheòtha a' tighinn às do chluasan.

POPAIDH: Aidh tha d' eanchainn na teine!!!

**They both laugh - Pamela jumps out of the bin.**

PAMELA: Tha mi 'g ullachadh airson a' Mhòid!

**She does a Mod stance - hands clasped sings in a high voice.**

PÒL: Cò thu?

PAMELA: Pamela....Dè tha sibh a' dèanamh an seo?

PÒL: Nach cuala tu an naidheachd?

PAMELA: Dè?

P&P: Chaidh an Nollaig agus na prèasantan a ghoid!

**Pamela faints.....**

**Pòl takes stuff out from his bag - he takes out a smelly sock - he dangles the sock over her nose - she comes round.**

PAMELA: An Nollaig, prèasantan, agus cèic Nollaig air an goid...o, dè nì sinn.....  
(CRY CRY)

PATSAIDH: Na gabh dragh, tha plana aig PÒL.

POPAIDH: Aidh dè am plana th' agad PC PLUM!!

PÒL: Nach ist sibh.

P&P: OOOOOO...

PÒL: COIMHEADAMH! An t-slighe seo, criomagan cèice is pàipear Nollaig. 'S dòcha gur e 'clue' a tha seo.

**They follow the trail. Pòl with magnifying glass; Patsaidh and Popaidh follow behind. He stops; they bang into each other and fall to the floor.**

P&P: AHHHHH!!

PÒL: Nach bi sibh sàmhach!

PAMELA: Duilich feumaidh mi falbh.....bye!!!

**Pamela runs off - P&P still lying on floor.**

PÒL: Dad ort! Nach eil thu a' dol gar cuideachadh?

PAMELA: Chi mi sibh a-rithist, tha rudeigin agam ri dhèanamh!

PÒL: Ach dè mun Nollaig 's na prèasantan.....'s a' chèic.....

PATSAIDH: Dè nì sinn a-nise?

POPPAIDH: Tilleadh dhachaigh!

PÒL: Oh nach ist sibh, feumaidh sinn an diomhaireachd seo a chur ceart?

**They get up and they follow the trail of cake and wrappers.....**

### Sealladh 8

**Manaidsear enters - he walks slowly - looking around - he sits on a bench - Pòl, Patsaidh, Popaidh enter they are still following the trail.**

PÒL: Gabh mo leisgeul.

PATSAIDH: Am faca tu càil annasach?

MANAIDSEAR: Dè?

POPAIDH: Am faca tu càil annasach?

MANAIDSEAR: A bharrachd air an triùir agaibhse, chan fhaca. A-nise, a-mach à seo leibh.

PÒL: Gabh ar leisgeul ach chaidh an Nollaig is na prèasantan a ghoid....agus gach cèic.

MANAIDSEAR: Tha fios a'm. Droch naidheachd.

### Sealladh 9

**Pamela appears in black coat. It should be hard to recognise her. She walks quickly across backstage right carrying present. She looks behind her. She hides present behind bin. Walks down stage left, looks behind her as she goes bottom stage right.**

**A head appears out of bin.**

### Sealladh 10

**Blackbeard appears at back right of stage, walks down towards his house door bottom stage left. Blackbeard pushing trolley with Elf still sitting in it with presents.**

ELF 11: Càit' a bheil mi?

BLACKBEARD: Tha thu anns an taigh agamsa a-nise agus tha thu a' dol a fhreagairt ceist no dhà.

**Blackbeard helps Elf out of trolley.**

ELF 11: Ceist no dhà mu dheidhinn dè?

BLACKBEARD: Ceart, 'listen-up' thusa. An toiseach, cuir air an rèidio; 's toil leam a bhith ag èisteachd ri Rihanna. 'TOP TUNES' a bhalaich!

**Blackbeard begins to sing along to music on radio.**

**Elf sings along so Blackbeard unties him.**

**Blackbeard lifts present out of trolley and looks at it. Elf starts to wander around house looking at things as they sing along to Rihanna.**

BLACKBEARD: A-nise, innis dhomh, cò às a thàinig thu? 'S dè a tha gad fhàgail an seo?

ELF: Uill, bha mi ag obair ann am factoraidh nam prèasantan agus...

**Newsflash on radio, they look at each other.**

NEWSREADER: Tha naidheachd air tighinn a-steach gun deach a h-uile prèasant a ghoid à factoraidh nam prèasantan, agus mar sin cha bhi Nollaig ann an bliadhna. Ma tha fios aig duine sam bith mu rud sam bith cuiribh fòn chun a' phoilis 999999999.....

**(Newsreader begins to cry)**

ELF & BB: An Nollaig air a ghoid? **(They look at each other and point)**.....Thusa!!!

BLACKBEARD: **(angry)** Mise! Mise! Uill 's e thusa a tha air ruith air falbh bho fhactaraidh nam prèasantan. Tha sin gu math amharasach.

**Blackbeard turns away from Elf as if he has proved his guilt.**

**Elf runs off and tumbles on sheet to reveal a large pile of presents. He stares in**

**disbelief at pile.**

ELF 11: Cò às a thàinig... 'S tusa a GHOID an Nollaig!!

**Blackbeard covers Elf. Laughs evilly and walks off stage right. Elf sits worriedly in trolley. He stands up in trolley to get out. Blackbeard shouts.**

BLACKBEARD: Fuireach far a bheil thu agus sguir a' lùbairnich mar easgann!

**Elf sits himself back down dejectedly.**

BLACKBEARD: Ceart! Tha thusa a' tighinn còmhla riumsa. Tha rudeigin agam ri dhèanamh.

ELF 11: Càit' a bheil sinn a' dol?

BLACKBEARD: Sàmhach!

**Blackbeard pushes trolley off mid stage left. Elf in trolley, he is scared.**

## Sealladh 11

**Street scene - dark streets.**

**Pamela arrives on street from bottom stage right and walks centre stage. She hears footsteps and hides behind bin.**

**Manaidsear arrives from centre stage right and crosses to go off stage.**

**Elf 4 appears in black coat. We should hardly be able to recognise him. He crosses stage from bottom right to top right.**

**Sounds of more footsteps.**

**Pamela takes present from behind wheelie bin just as Blackbeard crosses front stage from left to right with Elf in trolley.**

**Pamela hides inside wheelie bin again.**

**Blackbeard eating cake with Elf in trolley enters mid stage right and stops centre stage. We hear noises.**

ELF 11: Dè tha 'tachairt. Tha 'n t-eagal orm.

BLACKBEARD: SSssh! Bi sàmhach.... An cuala tu sin!

ELF 11: Bheil thusa feuchainn ris an eagal a chur orm?

BLACKBEARD: Èist! Tha rudeigin neònach a' dol air adhart a-nochd. 'S fheàrr dhuinn teicheadh.

**Blackbeard exits bottom stage right. Looking behind him suspiciously.**

**Pamela peers from behind bin then she comes out from behind bin and gets present then exits bottom stage left. Looking behind her suspiciously.**

## Sealladh 12

**Patsaidh and Pòl enter centre stage right. They are following the crumb trail with the magnifying glass. They are approaching Blackbeard's front door. The closer they get the more nervous and scared they become.**

PÒL: Thusa an toiseach!

PATSAIDH: No thusa, 's tusa a rinn am plana!

PÒL: Plana? Dè am plana?

PATSAIDH: Thusa a thuirt gun robh plana agad!

PÒL: Ummm.... Oh uill, chan eil.

**She punches Pòl.**

PATSAIDH: Ceart, feumaidh sinn cumail oirnn no cha bhi Nollaig ann. Thusa an toiseach....Dude!

PÒL: Carson nach tèid thusa an toiseach?

PATSAIDH: A bheil an t-eagal ort?

PÒL: Chan eil.....ach..

PATSAIDH: ACH... DÈ?

PÒL: Ach..... O ceart ma-thà!

**Pòl pretends not to be scared but is a wee bit. As Pòl approaches Blackbeard's door Patsaidh pushes him. The door flies open with Pòl falling in door.**

PÒL: Haoi, na bi gam phutadh!

PATSAIDH: Oh ist 'scaredy cat'.

**She steps over Pòl and goes into house. They go around the house and Patsaidh comes across the white sheet, she pulls it and finds the presents.**

PATSAIDH: SEALL DÈ THA SEO A PHÒIL!!!

PÒL: Dè th' ann?

PATSAIDH: PRÈASANTAN NAN NOLLAIG AIR FAD!!

**Pòl starts to look through all the presents. He is excited.**

PÒL: Seo dìreach an rud a bha mi ag iarraidh airson na Nollaig, 'far out Dude'!

PATSAIDH: Chan eil math dhut a dhol faisg air na prèasantan a tha sin!

**Blackbeard enters unseen and unheard.**

BLACKBEARD: CHAN EIL GU DEARBH!!!

**Patsaidh and Pòl jump out of their skin they are chased by Blackbeard and tied up by himself and Elf 11.**

### Sealladh 13

**We hear a knock at Blackbeard's door. Pamela enters she is out of breath.**

PAMELA: Uncle Blackbeard.... Tha... rudeigin.....agam ri .....innse ...

**Pamela makes a big burp.**

BLACKBEARD: Gabh air do shocair a nighean mus 'collapse' thu! Agus 's e Seonaidh...

PAMELA: Tha mi duilich Uncle Black....Duilich..... ach 's e rud...

**Pamela makes another big burp.**

BLACKBEARD: Dè am fuaim uabhasach a tha sin? Tha mi 'n dòchas nach do dh'ith thu a' chèic a thug mi dhut?

ELF 11: Tha mi a' smaoinntinn gun do dh'ith!

PAMELA: Tha mi duilich.....Ach càit' an d'fhuair sibh lorg air an dithis a tha seo?

BLACKBEARD: Fhuair mi lorg orra a-steach an seo. A' goid nam prèasantan aig a' chloinn nach bi a' faighinn càil.

ELF 11: Aidh, agus ghoid iad na prèasantan Nollaig gu lèir, nach cuala sibh air an rèidio?

PAMELA: Chuala, 's e sin a bha mi 'dol a dh'innse dhut, ach chan iadsan a bh' ann idir!

BLACKBEARD: Dè tha thu ag ràdh? Ach fhuair mi lorg orra.

PAMELA: 'S e Patsaidh agus Pòl a tha sin, na caraidean agam, 'Stupid'!!

BLACKBEARD: A bheil thusa a' tarraing mo chois?

PAMELA: Chan eil, tha mi bhos an seo....Dùisg iad 's gheibh thu a-mach.

**Blackbeard wakes Patsaidh and Pòl up from their sleep by reciting a poem.**

BLACKBEARD: DÙISGIBH O DÙISGIBH  
A-MACH AS UR SUAIN  
CUMAIBH GREIM AIR A' GHRUAG.

**Patsaidh and Pòl come round and are dazed.**

PATSAIDH & PÒL: Dè thachair?

**They get a fright when they see Pamela with Blackbeard and Elf 11.**

PATSAIDH: A Phamela, dè idir a tha thusa a' dèanamh an seo?

PÒL: Tha fios agamsa. Ghoid iad na prèasantan air fad!

PAMELA: Cha do ghoid!!!

**They all begin to shout at each other and they begin to bump into each other. The sheet can be used to throw over someone then they all make their escape out the door chasing each other round theatre.**

**This is when we see the Manaidsear dressed in a black coat so he is not recognised.**

**He enters Blackbeard's house, going to steal the presents.**

UILE AG ÈIGHEACH: TILL AIR AIS A MHÈARLAICH!

**They eventually get back to the stage. They all enter stage right following each other in a line. They all exit stage left, Elf 11 is at the end of the line.**

**He then bumps into the Manaidsear who is coming out of Blackbeards house with the presents.**

**The presents go everywhere, Elf 11 shouts to the others that he has caught the thief.**

ELF 11: HAOIDH A H-UILE DUINE, LORG MI AM MÈARLACH.

**Manaidsear pushes Elf 11 to the ground and runs off.**

**There is a huge chase scene that develops with all the elves chasing each other and getting confused. The Manaidsear hides in a bin.**

**Eventually all the elves end up on stage with elf 11.**

**All of them shouting.**

UILE: CÀIT' AN DEACH AM MÈARLACH?

ELF 11: Bha e an seo ach a-nise chan eil fios agam!

**All of them dismiss the Elf but then we here a fart noise aand they all begin to twitch their noses due to the disgusting smell. They open the bin and find the Manaidsear.**

MANAIDSEAR: Ach am fàileadh grot a tha siud! Leig a-mach mi!!!

**Manaidsear clammers out of bin.**

PATSAIDH/ PÒL: Cò tha seo?

ELF 11: Sin manaidsear factoraidh phrèasantan na bliadhna.

BLACKBEARD: Thusa.

PATSAIDH: Thusa a ghoid an Nollaig agus na prèasantan.

PÒL: Chan eil sin ceart.

ELF 4: Ach carson?

MANAIDSEAR: Tha mise air a bhith ag obair cruaidh gun sgillinn ruadh, a h-uile duin' eile a' faighinn phrèasantan ach cha bhi mise a' faighinn rud sam bith.

PAMELA: Chan e adhbhar ro mhath a tha sin!

BLACKBEARD: Tha thu ceart a sin, tha tòrr dhaoine nach bi a' faighinn prèasant sam bith agus chan eil iad cho mosach riutsa!

PÒL: Cuimhnich gu bheil an Nollaig ann dhan a h-uile duine.

PATSAIDH: Bu chòir dhuinn a bhith càirdeil is snog ri chèile a h-uile latha dhen bhliadhna.

**They all agree by nodding. Elf 11 is summoned over by Blackbeard. He has a present for the Manaidsear.**

BLACKBEARD: Seo a-nise, prèasant dhutsa.

MANAIDSEAR: Dhomhsa! Seall, tha m' ainmsa air!

**Manaidsear is pleased.**

BLACKBEARD: A-nise mar a thuir Patsaidh, bi càirdeil is snog ris a h-uile duine.

PÒL: Agus cuimhnich, nach bi a h-uile duine a' faighinn rudeigin.

**They all get a present from Blackbeard and they cheer.**

PAMELA: Tha an Nollaig air ais agus gheibh a h-uile duine prèasantan a-nise.

ELF 11: Dè mu dheidhinn òran?





# NOLLAIG ANN AM BAIL' ÙR AN T-SLÈIBHE

Le Artair Donald & le taic bhon tidsear Ruth Budge agus sgoilearan Bun-sgoile Bhail' Ùr an t-Slèibhe.

'S e tionndadh de "Nollaig air a' Ghealaich" agus "Cò Ghoid an Nollaig" a bha ann an "Nollaig ann am Bail' Ùr an t-Slèibhe". Dh'obraich Artair Donald leis an tidsear Gàidhlig Ruth Budge agus na sgoilearan aice gus an dealbh-chluich a chruthachadh. Rinn iad an stuth freagarrach airson na sgìre aca fhèin agus gheàrr iad e gu 17-mionaid. Chaidh a thaisbeanadh dà thuras mar phàirt de Chuirm Nollaig Bun-sgoil Bhail' Ùr an t-Slèibhe san Dùbhlachd 2022.

"Nollaig ann am Bail' Ùr an t-Slèibhe was an adaptation of "Nollaig air a' Ghealaich" and Cò Ghoid an Nollaig". Artair Donald worked with Gaelic teacher Ruth Budge and her Gaelic pupils to make the play more localised and it was cut to a 17 minute performance. The play was performed twice at Newtonmore Primary School Christmas Concert on December 2022.

## Caractaran

### Santa

Lachie, Callum, Harvey, Ruby, Niah, Skye, Olivia, Rory, Cameron  
Luchd-obrach factoraidh Santa

### Manaidsear

Os cionn factoraidh nan droch phrèasantan

### Iar-Mhanaidsear

Ag obair dhan Mhanaidsear

### Failie, Gobbo, Tully

Luchd-obrach an droch fhactoraidh

### Bodach

A' ceannach prèasant

### Atila

A' ceannach prèasant

## Sealladh 1

**Santa Factory - helpers.  
Happy, singing away at work.**

Glagan binn,  
glagan binn,  
glagan siud san seo.  
Tha sinn uile toilichte.  
Bodach Nollaig còir.

**Helpers are getting ready to deliver the presents.  
Ad and Miotag look through Santa's list of presents.**

LACHIE: Prèasant airson Mrs Friseal.

CALLUM: Prèasant beag.

HARVEY: Prèasant airson Miss Budge.

RUBY: Prèasant mòr.

OLIVIA: Prèasant airson Mrs Robinson.

NIAH: O tha, perfume a-rithist!

**They laugh and pretend to sniff air, they look at each other. Niah starts sniffing and walks to front of stage and points at teacher.**

NIAH: O aidh, tha i ann a sheo a-nochd.

**They all sneeze and laugh.**

LACHIE: Èist ris a seo. Dè chanas tu ri crùbag, nuair a tha i sgeadaichte mar Santa?

UILE: Dè chanas tu?

LACHIE: Santa.... CLAUSE. **(He mimes crab claws - and pinches him.)**



OLIVIA: Tha prèasantan eile ri fhaighinn fhathast mus tòiseach sinn air na 'deliveries' ge-tà!

SKYE: Trobhad is nì sinn toiseach-tòiseachadh.

Hai hò, hai hò, chaidh sinne dh' obair an-diugh  
Fad an là, gun sgillinn no càil,  
Hai hò, hai hò hai hò hai hò

**They start to sing a song as they go offstage left to get more presents. Santa comes on centre stage and starts to repeat above list. After repeating list Santa says:**

SANTA: OOOOhhhh tha mi cho sgìth!

**He starts to eat a kit kat. Yawns and falls asleep amongst the presents. The helpers re-enter still singing and carrying presents which they put on top of Santa in sleigh without noticing. They start to do check list before taking off. They prepare to take off on sleigh.**

## Sealladh 2

**Bad Factory.**

**Lights come up on dark factory. Elves busy around the table. The "boss" in the background counting his money.**

**They throw sweets to one another to catch. 3 different movements.**

FAILIE: Chan eil math dhut a bhith ag ithe nan suiteas.

MANAIDSEAR: Deich, fichead, trithead, ceathrad, caogad, seasgad, seachdad, ochdad, naochad, ceud!! **(Evil laugh)**

**Gobbo does a medium sized fart.**

FAILIE: O cò leig às, `s nach do leig air?

GOBBO: Cò air a tha thu a' bruidhinn? **(As he coughs)**

FAILIE & TULLY: Dè!

**Tully lets off an almighty fart - 2 guys hang on to table.**

TULLY: O, tha mi duilich.

FAILIE & GOBBO: O Tully!!

**They all run around table - Failie and Gobbo bang into each other and fall down around the table.**

**Manaidsear & Iar-mhanaidsear enter - counting money.**

MANAIDSEAR: Dè tha sibh a' dèanamh nur cadal, air ais a' dh'obair an-dràsta fhèin!!!

**Manaidsear speaks to the boys.**

MANAIDSEAR: Thoir dhomh còig!

FAILIE & GOBBO: Ach.... Ach....ach...Còig dè?

MANAIDSEAR: Ach....ach....ach....Còig 'press-ups', gòrach!

**They do press ups.**

MANAIDSEAR: Chan ann mar sin, seall dhaibh! **(Points to Iar M; getting angry)**



GOBBO : Mar seo?

MANAIDSEAR: Chan e sin ach seo!

**Manaidsear hits Gobbo on the head – they all do the press ups - Manaidsear gets up and leaves stage.**

MANAIDSEAR: Air ais a dh’obair.

IAR M: Aidh, air ais a dh’obair.

**Manaidsear and Iar M leave the stage.  
Tully tells joke.**

TULLY: Gnog Gnog?

MICHIE: Cò th’ ann?

TULLY: Cost

G/T: Costco!

G/F: O Tully!

TULLY: Gnog gnog

UILE: Cò th’ ann?

TULLY: Tess

UILE: Tesco

FAILIE: Ist, tha na ‘jokes’ agad grot!

GOBBO: Èisd ris a seo - tha plana agamsa! **(Comes in between F/G to tell plan)**

TULLY: Dè tha sin?

FAILIE: Ist amadain, plana, sin dè th’ ann.

TULLY: Dè tha sin?

**Gobbo gets annoyed.**

GOBBO: Nach ist thu! Co-dhiù am plana agam. Cuiridh sinn am ‘boss’ an greim agus an uair sin faodaidh sinn teicheadh a-mach às an seo.

FAILIE/TULLY: A Ghobbo, abair plana math.

**They then shout for the “boss” with the help of the audience! They shout with the audience 2 times.**

UILE: Aon, dhà, trì.....

**Manaidsear comes in**

IAR M: Dè tha sibh a’ dèanamh?

GOBBO: Tha sinn ag iarraidh barrachd pàighidh no tha sinn a’ dol air stailc.

IAR M: Dè tha dol an seo?

FAILIE & TULLY: Tha sinn a’ cur am manaidsear an grèim.

MANAIDSEAR: Dè ma bheir mi barrachd pàighidh dhuibh?

**Sound of crashing**

UILE: Dè tha sin?



### Sealladh 3

**Crash Landing – Santa Elves. The crashing noise continues as the helpers run across stage with the sleigh and back again before going in a big spin centre stage and stopping with the crescendo of noise and the helpers spin towards each other and fall to the ground. (dazed and confused)**

TULLY: Seall na prèasantan

MANAIDSEAR: Chan fhaca mi a-riamh leithid de phrèasantan. Thallaibh agus faighibh iad dhomh (evil laugh).

**Tully, Gobbo etc go and steal all the presents.  
Elves start to wake up – wake up one by one (shhhhh).**

LACHIE: Càite 'bheil sinn?

CALLUM: Dè mu dheidhinn nam prèasantan...bidh Santa crosta.

UILE: Coimhead, càite bheil an liosta?

CALLUM: (looks all around) Seo, fhuair mi e!

HARVEY: (checking presents) Chan eil sgeul air na prèasantan.

OLIVIA: Feumaidh sinn fònadh gu Santa a dh'innse dha dè thachair.

CALLUM: Innis thusa dhà.

LACHIE: Thusa!

CALLUM: Thusa!

**Phone call – they have a slagging match.**

THEA: Fòn thusa. (points at Callum)

**Callum finally dials phone; nobody looks at Santa.**

CALLUM; Halò Santa.

SANTA: (drops phone) Oooohhh am fòn agam!!

**They look around.**

SANTA: Aha Halò...

AD: Santa, halò, tha droch naidheachd agam!

**Santa enters from background.**

SANTA: O hohohooooo, dè th' ann?

UILE: Dè tha e `g ràdh?

CALLUM: Ist! Tha sinn air 'crash-landadh'.

**Thea holds her head in her hands expecting the worst.  
Santa has been walking towards the two helpers from behind when Santa puts his hands on their shoulders and makes them jump with fright!**

CÒMHLA: Aaarrggghhh! Santa!!!

**They each grab Santa's arms and they all spin round 3 times. Falling to the floor.**

SANTA: Tha rionnagan a' dol mun cuairt nam cheann.

RORY: Ach Santa, feumaidh sinn cabhag a' dhèanamh!

CAMERON: Feumaidh Santa! Trobhad, èirich!!

**They help Santa back towards sleigh. When they help Santa to his feet it should be with a comedy struggle.**

CORRAG/SCARFA: Tha fios againn a-nise cò dh'ith na 'mince pies'!

SANTA: (Laughs) Ho Ho HO!

CALLUM: Càite an robh thu, ciamar a fhuair thu an seo?

SANTA: Uill, tha e mar seo - bha mi air cùl na sleids agus bha mi dol mun cuairt is mun cuairt is mun cuairt agus an uair sin, tha mi an seo! An e An Lagan a tha seo?

UILE: O chan e, Tha e ro mhòr!

SANTA? An e Ceann a' Ghiùthsaich a tha seo?

UILE: Chan e, tha e ro shnog.

SANTA: An e Bail' Ùr an t-Slèibhe a tha seo?

UILE: Feumaidh gur e.. tha e cho brèagha.

**Everyone laughs. Bad elves and Manaidsear get ready at other side of stage.**



UILLE: An t-àite as bòidhche san t-saoghal.

CAMERON: Tha cabhag oirnn Santa!!

SANTA: Carson?

UILLE: Prèasantan na Nollaig. Doh!!

SANTA: Ach cò ghoid na prèasantan? Sgaoil a-mach..

#### Sealladh 4

#### **Sale of Presents.**

UILLE: Roilig suas, roilig suas. Tha prèasantan Nollaig ri fhaighinn.

BODACH: Dè a tha am prèasant mòr a' cosg?

FAILIE: Deich!

GOBBO: Fichead!

MANAIDSEAR: Trichead!

BODACH :Tapadh leibh! **(he leaves)**

UILLE: Roilig suas, roilig suas!

ATILA: Dè a tha am prèasant beag a' cosg?

FAILIE: Dà not!

GOBBO: Ceithir notaichean!

MANAIDSEAR: Deich notaichean!

**Skye and Ruby (happy elves) come on stage.**

SKYE & RUBY: Seall, tha iad a' reic nam prèasantan aig Santa **(they go and tell the others)**.

**Gobbo, Failie etc continue to sell presents.**

OLIVIA: Dè tha sibh a' dèanamh?

MANAIDSEAR: Tha sinn a' reic phrèasantan.

OLIVIA: Ach `s ann le Santa a tha na prèasantan.

GOBBO/FAILIE/TULLY: O chan ann!

OLIVIA: O `s ann!



GOBBO/FAILIE/TULLY: O chan ann!

OLIVIA: Thoir dhomh e!  
MANAIDSEAR: Cha toir!

OLIVIA: Bheir thu!

MANAIDSEAR: Cha toir!

**Manaidsear and Olivia fight over present (pulling backwards and forwards) eventually they all join the tug.**

SANTA: Cuir sìos e!

**Everyone falls on floor slowly and then happy elves get hold of the bad elves.**

SANTA: 'S tusa an duine/an tè as miosa san t-saoghal.

MANAIDSEAR: Cha mhì!

SANTA: Is tu! **(tries to muster up audience help through audience participation!)**

MANAIDSEAR: Cha mhì!

SANTA: Ghoid thu na prèasantan Nollaig.

MANAIDSEAR: Uill bha sinn gan reic.

SANTA: Uill bha sinne gan toirt gu clann bheaga, mar sin chan urrainn dhut a bhith crosta tuilleadh.

MANAIDSEAR: Leig às mi!

SANTA: Leigidh ma nì thu aon rud!

MANAIDSEAR: Dè tha sin?

SANTA: Bheir mi aon phrèasant dhut ma tha thu deònach a bhith còir bho seo a-mach.

**Olivia gives Manaidsear small present.  
Manaidsear shakes present.**

MANAIDSEAR: Prèasant dhomhsa?

SANTA: Uill, ma tha thu gu bhith còir bho seo a-mach!

MANAIDSEAR: O tha e a' còrdadh rium mar-thà a bhith còir. An e sin e?

SANTA: Chan e. Feumaidh tu innse dhan a h-uile duine gu bheil thu gu bhith còir

bho seo a-mach.

MANAIDSEAR: Bithidh mi còir!  
GOBBO: Agus aon rud eile.

MANAIDSEAR: Dè?

GOBBO /TULLY: Feumaidh sinn uile òran a sheinn.

**Everyone sings 'Merry Christmas' in Gaelic.**



# SEOC AGUS A' CHRAOBH PHÒNAIREAN

Le Artair Donald

## Caractaran

### Seoc

Balach òg

### Mam

Màthair Sheoc

### Sine, Màrtainn, Ruairidh, Flòraidh

Na caraidean aig Seoc

### Saili

A' Bhò aig Seoc

### Craobh 1 - 6

Sia sgoilearan airson craobhan a chluich, le fuaimean agus loidhneachan

### Tommy

Croitear le tractor

### Tractor

4/6 sgoilearan a' dèanamh tractor, le fuaimean agus ad-lib

### Boris

Fear-reic na Margaide; amharasach

### Balla a' Chaisteil

6 sgoilearan airson balla a' chaisteil a' chruthachadh, le fuaimean agus ad-lib

### Fuaimhaire

Le guth mòr, eagalach

### Cearc

A' chearc bhuidhe a bheireas na h-uighean mòra

### Fidhlear

A bhios a' cluich a' chiùil dhan Fhuaimhaire

## Sealladh 1

**Seoc is playing games with his friends, Sine, Màrtainn, Ruairidh and Flòraidh, e.g. Splat & Isbeanan. Pupils to Ad-lib while playing game. His mother appears at the other side of stage.**

MAM: A Sheoc, a Sheoc, thig an seo. A Sheoc, càite bheil thu?

SEOC: Thall an seo a Mham.

MAM: Thig a-nall an seo a Sheoc.

SEOC: Dè th' ann a Mham, tha mi a' cluich le mo charaidean.

MAM: Chan eil mòran airgid air fhàgail againn airson bìdh. Feumaidh tu a' bhò a thoirt dhan mhargaid agus a reic.

SEOC: Ach a Mham, 's ann leamsa a tha a' bhò.


MAM: Tha fios a'm. Tha mi duilich a Sheoc ach chan eil dòigh sam bith eile ann. Tha sinn bochd agus feumaidh sinn airgead. No cha bhi biadh no fiù 's prèasantan againn airson na Nollaig.

SEOC: Chan fheum mi prèasant Nollaig a Mham.

MAM: Tha fios a'm ach feumaidh tu biadh.

Seoc: Ceart a Mham.

**Seoc walks away sadly but understands the situation.**



## Sealladh 2

**Seoc goes to get the cow and take it to market.**

SEOC: Tha mi duilich Sàili Bò ach feumaidh sinn a' dhol air cuairt.

SÀILI: Dè! Càite bheil sinn a' dol?

SEOC: Innse mi dhut air an t-slighe.

**They head off across the stage and back again as if they have walked a distance. They walk through the forest. They should make sound effects as Seoc and Sàili walk through forest towards market, e.g. light wind sounds and fluttering of leaves.**

CRAOBH 1: Càite bheil thu dol le Sàili Bò an-diugh, a Seoc?

SEOC: Tha sinn dìreach a-muigh air cuairt.

CRAOBH 2: Ciamar a tha thu an-diugh Sàili Bò?

SÀILI: Chan eil mòran ri ràdh.

CRAOBH 3: Carson a tha thu cho brònach an-diugh Sàili Bò?

SÀILI: Feumaidh Seoc mo reic gus am faigh an teaghlach airgead.

CRAOBH 4: A bheil sibh a' gabhail 'shortcut' tron choille chun na margaid?

SEOC: 'S e 'n fhirinn a th' aig Sàili. Gu mì-fhortanach feumaidh sinn a reic.

CRAOBH 5: Tha mi duilich sin a cluinntinn. Chan eil an suidheachadh furasta san latha a th' ann le cosgaisean.

SEOC: Chan eil dòigh eil' ann.

CRAOBH 6: Is cinnteach gun lorg Seoc cuideigin snog a bhios airson do cheannach airson deagh phrìs.

SEOC: Tha min dochas gu bheil thu ceart.

CRAOBHAN UILE: Gur math a thèid leibh!

SEOC & SÀILIE: Tapadh leibh.

**They carry on off stage as the trees continue shaking their leaves and making wind sounds.**

## Sealladh 3

**On the way to market, Seoc and Sàili see Tommy Tractor. The tractor should be made up by 6 pupils and be able to move slowly with Tommy steering. He shouts to them. Tractor should move along stage slowly whilst talking. Pupils creating tractor can make sounds or even ad-lib a little.**

TOMMY: Ciamar a tha sibh an-diugh a Sheoc is Sàili?

SÀILI: Tha sinn brònach. Mù.

TOMMY: O, gu dè tha ceàrr oirbh?

SEOC: Feumaidh sinn Sàili a reic aig a' mhargaid, oir chan eil sgillinn againn airson na Nollaig.

TOMMY: O tha sin duilich. Tha mi cinnteach gum faigh thu deagh phrìs airson bò cho àlainn ri Sàili. Tìoraidh an-dràsta!

SEOC & SÀILI: Tìoraidh an-dràsta.

**Tommy and Tractor go off stage. Seoc and Sàili continue across stage then turn back to meet what appears to be a shifty market man.**

BORIS: Halò agus dè tha sibh a' ceannach an-diugh?

SEOC: Chan ann a' ceannach a tha sinn an-diugh ach a' reic.

BORIS: Aha, is mise an dearbh fhear ma-thà. Dè tha sibh a' reic?

SÀILI: Mise.

SEOC: Tha mi a' reic Sàilie Bò.

BORIS: Uill, bhiodh ùidh agam fhìn a' bhò a thoirt far do làmhan. Bheir mise dhi biadh is àite-fuirich.

SEOC: Dè phrìs a bheir thu dhomh?

BORIS: **(Shifty)** Gu mì-fhortanach tha mi air uiread a cheannach an-diugh, chan eil airgead air fhàgail agam. Ach tha pònairean agam.

SÀILI: O aidh, pònairean Heinz, pònairean uaine, pònairean leathann. Huh!



SEOC: Ist Saili. Dè seòrsa pònairean?

BORIS: Pònairean sònraichte a th' annta!

SAILI: Na bi cho gòrach a Sheoc.

SEOC: Chan eil duine eile dol gad cheannach aig an àm seo den latha. Glè mhath ma-thà, thoir dhomh na pònairean.

**Boris hands over the strange looking beans. Seoc gives him Saili Bò.**

BORIS: Tìoraidh!

SEOC: Tìoraidh Saili Bò, a charaid. bidh thu nas fheàrr dheth le Boris.

SAILI: Tìoraidh a Sheoc. Thoir an aire ort fhèin!

**Seoc makes his way back home passing Tommy's Tractor and then walking back through the quiet forest. He is sad that he only got some beans.**

#### Sealladh 4

**Seoc arrives home and shouts to his Mam.**

SEOC: Càit' a bheil sibh a Mham?

MAM: Thall an seo a Sheoc. Ciamar a chaidh dhut? An d' fhuair thu deagh phrìs air a' bhò?

SEOC: Gu mi-fhortanach cha d' fhuair mi airgead.

MAM: Dè tha thu 'ciallachadh? Dè tha thu ag ràdh? Dè fhuair thu ma-thà?

SEOC: Fhuair mi pònairean.

MAM: Dè na pònairean? Dè idir a bha thu a' smaoinichadh. (Mam not happy)

SEOC: Ach a Mham 's e pònairean sònraichte a th' annta!

MAM: Chan eil thu glic a bhalaich, thalla dha do leabaidh sa bhad!

SEOC: Ach a Mham.

MAM: Ach 'nothing' a laochain, dhan leabaidh leat. A-nise dè idir a tha sinn a' dol a' dhèanamh airson na Nollaig!

**Mam takes beans from Seoc and throws them out the window. Seoc sheepishly goes off to bed.**

#### Sealladh 5

**Seoc is wakening up to a bright sunny day. He stands up and does a big exaggerated stretch and yawn before being distracted by something outside the window.**

SEOC: Dè fo ghrian a tha siud?

**He runs over to beanstalk, slowly looking upwards to see the beanstalk going all the way up to the clouds. He is very excited.**

SEOC: Feumaidh mi innse dhan na caraidean agam mun a seo. Bidh mi feumach air cuideachadh airson sreap suas an sin.

SEOC PHONES HIS FRIENDS TO COME AND HELP HIM.

SEOC: Feumaidh mi ur cuideachadh, thigibh cho luath is as urrainn dhuibh.

**They arrive almost immediately.**

ALL: Tha sinn an seo. Dè th' ann?

**Seoc starts to climb up beanstalk. It is up to the class what kind of beanstalk you want to create. You could use some chairs, climbing from 1 to 2 to height of 3 chairs with support from pupils. 4 pupils to support Seoc climbing.**

SÌNE: Wow, tha e cho àrd! Suas ma-thà.

**(She helps him onto first chair)**

RUAIRIDH: Glè mhath, cùm ort.

**(He helps him up onto 2 chairs from the first chair)**

FLÒRAIDH: Bi faiceallach, tha thu gu math àrd a-nise.

**(Making it sound like he has climbed really high. Helps him get up onto 3 chairs from the 2 chairs)**

MÀRTAINN: Seo an ceum mu dheireadh agad is bidh thu ann!

**(He helps Seoc drop down behind the 3 chairs.)**

UILLE: Deagh luck! **(They look up as they stare at the chairs.)**

**Seoc comes from behind the stage as if he has just crawled onto floor at top of beanstalk. 4/6 pupils to create a diagonal castle wall in middle of stage with a door and a window visible to audience.  
Seoc looks up amazed!**

SEOC: Dè fo shealbh a tha seo! Caistéal ann an meadhan nan speuran. Saoil cò tha a' fuireach an seo?

**Seoc goes to open door but just as he does, he hears the loud voice of a giant.**

FUAMHAIRE: Haoidh a chearc, thoir dhomh ugh òr.

**Seoc closes door and goes to window. He can't believe his eyes as the hen lays a golden egg.**

FUAIMHAIRE: Aha, tha mi cho beartach, ugh òr gach latha, dhomhsa, dhomhsa, dhomhsa, ha ha ha! Fhìdhleir, cluich port snog!

**Fìdhleir starts to play a tune and Fuamhaire lies down and falls asleep to the music, and starts to snore loudly. Seoc feels it will be safe to open the door and go in. Seoc creeps about the room until he comes over to Cearc. Fìdhleir speaks.**

FÌDHLEAR: (whispers) Dè tha thu a' dèanamh?

SEOC: Tha mi toirt a' chearc seo leam.

FÌDHLEAR: Ach chan ann leatsa a tha i!

SEOC: 'S ann leamsa a tha i. 'S ann leamsa a tha a' chraobh seo. 'S e seo mo phàigheadh airson Saili Bò.

FÌDHLEAR: Cò?

SEOC: Trobhad a chearc. (He goes to pick Cearc up).

CEARC: Nach eil gnothach agamsa ri far am bi mi a' fuireach?

**Fuamhaire starts to wake up amidst whisper which has gotten louder.**

SEOC: Chan eil.

FUAMHAIRE: Fee-Fi-Fo-Fum, tha rumble nam tum-tum-tum. Tha mi acrach.

**Seoc picks up Cearc and makes to move quietly but Fìdhleir makes a screech on his fiddle by accident. Fuamhaire jumps up.**

FUAMHAIRE: Cò tha sin? Dè tha thu a' dèanamh le mo chearc. Cuir sìos i!  
Seoc: Cha chuir.

**Seoc's friends Sine, Ruairidh, Flòraidh and Màrtainn appear in castle.**

FLÒRAIDH: A Sheoc, dè tha tachairt?

**They all stop in their tracks when they see Fuamhaire.**

FUAMHAIRE: Fee-Fi-Fo-Fum, cò na daoine beaga seo, yum-yum-yum.  
(He goes to grab Seoc)

FUAMHAIRE: Thig an seo a bhleagairt bhig!

**Seoc ducks out of Fuamhaire's way. Sine grabs the golden egg that Cearc lay earlier. She shouts to Fuamhaire.**

SÌNE: Haoidh fhir mhòir ghruamaich, dè tha seo?

FUAMHAIRE: Sin an t-ugh òr agamsa, thoir dhomh e!

SÌNE: Trobhad is faigh e!

**Fuamhaire goes towards her but she throws egg to Ruairidh.**

FUAMHAIRE: Haoidh, bi faiceallach leis an ugh òr agam.

RUAIRIDH: Trobhad is faigh e ma-tha!

**Fuamhaire goes towards him but throws egg to Màrtainn.**

MÀRTAINN: 'S ann agamsa a tha an t-ugh a-nise. Trobhad is faigh e!

FUAMHAIRE: A bhleagairt bhig, thoir dhomh e!

**Fuamhaire goes towards him but he throws it to Flòraidh. The 4 friends are now in a circle round Fuamhaire.**

FLÒRAIDH: Seall, tha e agamsa a-nise. Tha thu beartach gu leòr mar-tha.

FUAMHAIRE: Chan eil sin gu diofar, is toil leam a bhith mòr is beartach.

SÌNE: Nach eil fios agad gu bheil gu leòr dhaoine a' fulang le cosgaisean àbhaisteach.

FUAMHAIRE: Cò tha coma mu dhaoine eile. Tha mise beartach is tha mi coma.

MÀRTAINN: Uill bu chòir dhut a bhith coma.

RUAIRIDH: Bu chòir dhut a bhith snog ri daoine agus bhiodh iadsan snog riutsa.

FÌDHLEAR: Bhiodh sin math!

FUAMHAIRE: Cha toil leamsa daoine snog.

FLÒRAIDH: A Sheoc, faigh iuchair an dorais. Fhir ghruamaich seall suas an sin.  
(She points upwards) Coimhead sìos. (They all look at floor) Seall suas an sin.

**(Everyone, including Fuamhaire, looks up and she throws the golden egg up as high as she can.)**

FLÒRAIDH: Beir air fhir mhòir ghruamaich! H-uile duin' eile, ruithibh! A Sheoc a bheil an iuchar agad?

SEOC: Tha, trobhadaibh! Greasaibh oirbh!

**They all run towards the door as Fuamhaire panics trying to catch egg. When he catches the egg he puts it down and chases them. They are all going through the castle door as Fuamhaire starts to move across stage. Seoc locks the door on Fuamhaire. They all start to climb down beanstalk. Fuamhaire charges at castle door but it stays locked. He charges a second time and the wall shakes. The third time he charges the door, the whole wall crumbles. He moves towards the beanstalk as the last person Seoc gets to the bottom.**

SEOC: A Mham, càite bheil sibh? Feumaidh mi sinn cuideachadh.

**Mam arrives on stage.**

MAM: Dè tha tachairt an seo? Tha mi air a bhith a' coimhead anns a h-uile àite air do shon.

SEOC: A' Mham, faighibh tuagh. Feumaidh sinn a' chraobh seo a ghearradh sìos!

**Mam runs and gets big axe.**

**Fuamhaire is shouting from the top of beanstalk.**

FUAIMHAIRE: Tha mi a' tighinn sìos agus tha mi dol gar n-ithe. Fee-Fi-Fo-Fum tha mi 'g iarraidh daoine beaga na mo tum-tum-tum.

**He is about to start climbing down when Mam appears with axe and starts chopping.**

FUAMHAIRE: Aarrgghh, dè tha thu a' deanamh? Chan fhaigh mi sìos airson mo dhinneir. Stad Stad, Stad!

MAM: Thalla agus faigh do dhinneir an àiteigin eile. A bhleagaird mhòir ghruamaich. Chan eil thu airidh air tighinn sìos dhan a' bhaile bheag dhoigheil againne!

**She swings the axe until the beanstalk slowly starts to fall to ground.**

**Pupils who helped Seoc put up chairs will then push the 3 chairs over slowly and carefully, then topple 2 chairs safely and turn final chair upside down as beanstalk has fallen. Fuamhaire can be heard grumbling and groaning in the background.**

**They all cheer and dance to Fìdhlear's music.**

## Sealladh 6

**Seoc, Sine, Flòraidh, Màrtainn, Ruairidh, Fìdhlear, Cearc and Mam are all very relieved and happy that Fuamhaire didn't get time to come down beanstalk.**

MAM: Mo chreach dè a bha siud?

SEOC: A Mham, nuair a dhùisg mi an-diugh chunnaic mi a' chraobh mhòr sin agus bha mi airson faighinn a mach càit' an robh i 'dol.

MAM: Bha còir agad innse dhomh.

SEOC: Nan robh mi air innse dhuibh cha bhiodh sibh air leigeil leam sreap suas. A Chearc, thoir dhomh ugh!

**Cearc lays a golden egg. Mam can't believe her eyes.**

CEARC: Sin agad do chiad ugh òr. Tapadh leat airson mo chuideachadh gus faighinn air falbh bhon fhear mhòr ghruamach.

FÌDHLEAR: Tha mi fhìn cho toilichte a bhith air falbh bhuaithe cuideachd. Cha robh e a-riamh toilichte. Tapadh leibh.

MAM: Dè tha thu ciallachadh, a' chiad ugh òr.

CEARC: Tha gu leòr uighean òir ri thighinn 's an àm ri teachd. Tha sibh beartach!

MAM: Tha mi duilich a Sheoc, gun robh mi cho cruaidh ort mu dheidhinn na pònairean. Abair gun robh Saili Bò math dhuinn.

SEOC: Uill a-nise tha sinn beartach gu leòr airson prèasant a thoirt dhan huile duine anns a' bhaile.

MAM: Ceart ma-thà, cuiribh fios chun a h-uile duine a thighinn an seo airson dinneir Nollaig.

**Sine, Màrtainn, Ruairidh and Flòraidh all get phones out and text friends. Fìdhlear plays a Christmas tune on fiddle and as all the characters in story gather on stage they sing a happy sharing Christmas song or two to finish. (School to choose songs)**

A H-UILE DUINE: Seinnibh òrain Nollaig!

An deireadh.

# GEAMAICHEAN DRÀMA SPÒRSAIL

## DO

### THIDSEARAN IS SGOILEARAN

#### Blàthachadh

Tha seo dìreach mar “Icebreaker session” airson barrachd eòlais fhaighinn air na daoine a tha an sàs agus airson misneachd a thoirt dhaibh gus bruidhinn an àird.

#### Ainmean:

A’ dol mun cuairt a’ chearcaill, agus a h-uile neach ag innse cò iad agus dè an rud as fheàrr leotha.

M.E.

Halò is mise Artair agus is toil leam a bhith a’ cluich a’ ghiotàr (a’ dèanamh gluasad mar cluich giotàr).

An uair sin bidh an ath neach ag innse cò iad agus dè is toil leothasan. Cumaibh oirbh mun cuairt a’ chearcaill gus am faigh a h-uile duine cothrom.

Dòigh eile air a’ gheama a chluich: Is mise Anndra agus is toil leam piotsa agus seo Artair agus is toil leis a bhith a’ cluich a’ ghiotàr & m.s.a.a

#### Splat:

A h-uile duine a’ seasamh ann an cearcall, ach a-mhàin aon neach a’ seasamh anns a’ mheadhan. Bidh an neach anns a’ mheadhan a’ comharrachadh cuideigin eile anns a’ chearcaill le chorrag, agus ag ràdh ‘Splat’.

Feumaidh an neach sin a chaidh a ‘splatadh’ crùbadh sìos gu luath agus an dithis air gach taobh feuchainn ri cuideigin eile a chomharrachadh agus a splatadh mus teid iad fhèin a splatadh. ‘S e an neach as luaithe a tha a’ buannachadh agus an neach as slaodaiche a dh’fheumas suidhe a-mach.

Cumaibh a’ dol mun cuairt a’ chearcaill gus a bheil a h-uile duine a’ suidhe a-mach ach a-mhàin an dithis mu dheireadh a tha fhathast nan seasamh.

Bidh an dithis acasan a’ seasamh druim ri druim. Bidh an neach anns a’ mheadhan a’ cleachdadh facal Gàidhlig airson an ‘splat’

mu dheireadh.

M.E. Mas e bòtannan am facal, bidh an neach ag ràdh facal diofraichte mar, grian, taigh, boiteag, bàta. Bidh an dithis a tha a' seasamh druim ri druim a' gabhail ceum air falbh bho càch a chèile airson gach facal. Cho luath 's a tha iad a' cluinntinn an fhacail "bòtannan", feumaidh an dithis tionndadh is càch a chèile a splatadh.

'S e an neach as luaithe a bhios a' buannachadh agus a' tòiseachadh an ath gheama.

Faodaidh sibh ainmean gach neach a chleachdadh anns a' gheama an àite "Splat".

### **Geama suidh' air cathair:**

Bidh a h-uile neach a' suidhe air cathair ann an cearcall. Bidh neach eile a' seasamh anns a' mheadhan agus ag èigheach a-mach diofar rudan M.E. "neach sam bith a ghlan fhiacalan madainn an-diugh".

An uair sin bidh neach sam bith a tha suidhe air cathair agus a ghlan fhiacalan sa mhadainn a' ruith gu cathair falamh air taobh eile a' chearcaill. Aig an aon àm, faodadh an neach anns a' meadhan feuchainn ri cathair a lorg cuideachd.

An uair sin 's e an neach nach d' fhuair cathair a bhios anns a' mheadhan.

Bidh an neach anns a' mheadhan ag èigheach diofar rudan, M.E.

Duine sam bith air a bheil falt fada/ goirid!

Duine sam bith le piuthair/ le bràthair!

Duine sam bith le cù/ piseag!

Duine sam bith a bhios ag ithe piotsa!

Duine sam bith le brògan Addidas/ Nike is eile.

Bu chòir an geama seo a chluich gu luath airson toirt air a h-uile neach smaointinn nas luaithe. Chan eil crìoch-ama air a' gheama - tha sin an urra ris an tidsear.

### **Rudan fìor is aon bhreug:**

Feumaidh gach neach smaoinichadh mu cheithir rudan a tha fìor agus aon rud a tha breugach. An uair sin seasaidh neach mu seach ann an meadhan a' chearcaill agus cuiridh iad an gèill na còig seantansan aca.

M.E.

Is mise Artair. Tha mi a' fuireach ann an Glaschu. Tha triùir bhalach agam. Tha cù Labradoodle againn leis an ainm 'Barnie' agus, 's e orains an dath as fheàrr leam.

Feumaidh a h-uile neach suidhe anns a' chearcall agus obrachadh a-mach dè bhreug a dh'innis mi.

Nuair a tha iad air sin obrachadh a-mach bidh cuideigin eile a' dol dhan a' mheadhan agus ag innse na còig pìosan fìosrachaidh acasan. A-rithist bidh càch a' feuchainn ri obrachadh a-mach dè am pìos a tha breugach.

### **Minich dè th' ann:**

Bidh a h-uile neach a' suidhe ann an cearcall, ach a-mhàin aon neach anns a' mheadhan. Feumaidh iadsan diofar rudan a mhineachadh dhan chòrr mar gur e rud ùr a bh' ann dhaibh: M.E. Iarr air a' chiad neach anns a' mheadhan mineachadh de th' ann a 'Microwave', dè feum a th' ann, carson a tha e, ciamar a tha e ag obrachadh agus m.s.s.a. Feumaidh an neach bruidhinn cho fada is as urrainn dhaibh.

An uair sin thèid neach eile dhan a' mheadhan a' mhineachadh an ath rud.

Eisimpleirean eile: Minich brògan spòrsail: Carson a tha iad feumail? Dè an seòrsa stuth a th' anna? Diofar sheòrsaichean, cosgais is m.s.s.a.

Cùm a' dol mun cuairt a' chearcaill gus am bi a huile neach air cothrom fhaighinn.

### **Banrigh/ Rìgh a' chaisteil:**

Bidh a h-uile neach a' suidhe air cathair ann an cearcall. Tha àireamh aig a h-uile cathair. 'S e cathair na Banrigh/ an Rìgh àireamh a h-aon agus bidh na h-àireamhan eile a' dol deasail air a sin.

Innis dhaibh mun sgrìobt airson a' gheama:

Banrigh/ Rìgh a' Chaisteil: 'S mise Banrigh/ Rìgh a' Chaisteil,

chaidh na h-ìuchraichean agam a ghoid, agus tha mi a' smaointinn gur e àireamh a sia a' ghoid iad.

Aireamh 6: (An neach a tha a' suidhe air cathair 6) Chan e mise a bh' ann.

Banrigh/ Rìgh: Cò bh' ann ma-thà?

Aireamh 6: Àireamh a h-ochd.

Aireamh 8: Chan e mise a bh' ann.

Aireamh 6: Co bh' ann ma tha?

Aireamh 8: Àireamh a deich.

Agus mar sin air adhart gus an tèid cuideigin ceàrr no ma chanas iad na faclan ceàrr. Feumaidh iad gluasad chun a' chathair aig an deireadh - an cathair leis an àireamh as àirde. Bidh an còrr a' gluasad mun cuairt a' chearcaill chun an ath chathair suas, a tha falamh.

An uair sin bidh an geama a' tòiseachadh a-rithist. 'S e an neach a bhios anns a' chathair aig a' Bhanrigh/ an Rìgh aig an deireadh a bhios a' buannachadh.

### **A' Cunntadh gu Tri:**

Tha an geama seo math airson sgilean dùr-aire no 'concentration' - Sgilean Gutha agus Gluasaid.

Rach ann am paidhrichean agus lorg ruitheam a' cunntadh bho Aon gu Tri, agus cùm a' dol ann an 'loop'. Bu chòir diofar àireamh a bhith aig gach neach gach turas anns an 'loop'. A-nise feuch bualadh bhoisean an àite àireamh a dhà.

M.E. Aon, buail do bhoisean, trì. Cùmaibh a' dol gus am bi ruitheam agaibh.

A-nise, leum agus èigh "Ooohh" gu h-àrd.

Feuch: Aon, buail do bhoisean, leum is èigh "Ooohh"! Cùm a' dol gus a bheil ruitheam math agaibh.

Seall dhan chlas mar a chaidh dhuibh leis an eacarsaich.

### **Snaim/ 'Human Knot':**

Tha an geama seo math airson a bhith ag obair còmhla ann an sgioba.

Snaim: Dèan cearcall le sianar, cùm greim air làmhnan a chèile agus an uair sin feuch ri faighinn air ais ann an cearcall a-rithist.

Airson tòiseachadh: Seas faisg air a chèile, gualainn ri gualainn, cuiridh gach neach an làimh chli aca a-steach dhan chearcall agus greimichidh iad air làmh cuideigin air taobh eile a' chearcaill. Na beir air làmh an neach a tha ri do thaobh.

An uair sin cuir do làimh dheas a-steach dhan chearcall agus greimich air làmh cuideigin eadar-dhealaichte bhon neach leis an robh a' chiad làmh. Bu chòir an dà làmh air a bheil greim agad, a bhith bho dhithis.

A-nise, gu slaodach, feuch ri faighinn air ais ann an cearcall le bhith a' dol fo na gàirdeanan aig cuideigin eile no, a' crubadh sìos gus an urrainn do neach eile a chasan a chur thairis air na gàirdeanan agadsa.

Mu dheireadh, bu chòir dha a bhith comsach dhuibh seasamh ann an cearcall le na làmhnan ceangailte.

Chan eil e ag obrachadh a h-uile turas. Mar sin, feuch e dhà no trì thursan le bhith a' còmhradh ri chèile fhad 's a tha sibh a' feuchainn ri faighinn a-mach as an t-Snaim!

### **Cumaidhean:**

Bidh obair-sgioba làidir a' tighinn a-mach à cumaidhean. Feumaidh gach neach a bhith a' bruidhinn agus a' cuideachadh fad na h-ùine.

Buidhnean de shianar: Dèan cearcall cho mòr is as urrainn dhuibh ann an 10 diogan.

A-nise dèan cearcall cho beag is as urrainn dhuibh.

A-nise dèan na cumaidhean seo ann an 30 diog:

1. Dèan cumadh taigh le uinneagan, similear agus doras.
2. Dèan cumadh coimpiutair.
3. Dèan cumadh bàta le ràimh.
4. Dèan cumadh inneal nigheadaireachd.
5. Dèan cumadh tractar.

Coimhead air gach cumadh nuair a tha na buidhnean gan dèanamh. An uair sin iarr air na buidhnean air fad aig an aon àm, ruith tro na cumaidhean a-rithist, a' gluasad nas luaithe le bhith ag èigheach nan cumaidhean a-mach ann an òrdugh sam bidh. Bidh 10 diogan ann airson gabh cumadh a chruthachadh. An uair sin suidhidh a h-uile neach sìos agus thèid an ath phàirt a mhìneachadh dhaibh.

Sgeulachd: Feumaidh gach buidheann sgeulachd a' chruthachadh mun cuairt air na cumaidhean aca agus, faodaidh iad cumadh a bharrachd a chruthachadh airson cur ris an sgeulachd.

Bidh 5 mionaidean aig gach buidheann airson an sgeulachd aca a chruthachadh agus a' cur ri gluasadan nan cumaidhean. Seallaidh gach buidheann an sgeulachd aca dhan na buidhnean eile.

Bidh còmhradh/deasbad ann mu dheidhinn nan diofar sgeulachdan agus na rudan a bha math mu gach sealladh beag. Faodar an dòigh-obrach seo a chleachdadh airson topaig sam bith a leasachadh gu ruige taisbeanadh beag.

Cleachd diofar chumaidhean airson sgeulachdan eile a chruthachadh.

### **Tableaux:**

Tha tableaux caran coltach ri cumaidhean.

Tòisich le còignear no sianar anns gach buidheann. Bidh iad a' cruthachadh dhealbhan airson toiseach-tòiseachaidh. Tha seo fìor mhath airson coimhead air diofar chuspairean. M.E. An Dàrna Cogadh.

### **Dealbh 1 - Aig an dachaigh**

Bidh buidheann an sàs ann an dealbh aig an taigh agus a' toirt caractaran dhaibh pèin: màthair, athair, seanmhair, seanair & deugaire no nas sine. An uair sin bidh an tidsear ag ràdh 'tòisich!' Le sin, bidh gach neach a' gluasad agus ag ràdh nan loidhnichean aca. Bidh mac no nighean a' tighinn dhachaigh agus ag innse dha na pàrantan gu bheil iad air soidhneadh an àird airson a' chogaidh. Obraich a-mach loidhnichean do gach neach agus ciamar a tha iad a' faireachdainn mar character.

### **Dealbh 2 - Aig an stèisean**

Tha iad a' fàgail air an trèana airson a' dhol dhan chogadh. Obraich a-mach dè bhiodh gach character ag ràdh.

### **Dealbh 3 - Aig a' champa-trèanaidh**

Sealladh beag le na saighdearan fo smachd sàirdeant a' trèanadh airson a' chogaidh. Bidh feadhainn a' dèanamh eacarsaichean.

### **Dealbh 4 - Ann am meadhan a' chogaidh**

A' cruthachadh sealladh de shabaid ann an 'slow motion'.

### **Dealbh 5 - Aig an dachaigh**

Mar a' chiad dealbh. An saighdear a' tilleadh dhachaigh às dèidh a' chogaidh. No 's dòcha litir/ teileagram a' tighinn chun na dachaigh. Cruthaich loidhnichean airson gach character.

Ruith na còig seallaidhean còmhla agus seall sin dha na buidhnean. Às dèidh gach sgeulachd a shealltainn dèan deasbad/còmhradh air na rudan a bha math mu dheidhinn gach sgeulachd agus dè a dh'fhaodadh a bhith na b' fheàrr.

Tha na thachras anns gach dealbh an urra ri gach buidheann.

### **Isbeanan:**

Tha an geama seo math airson a bhith a' cruthachadh cheistean. Bidh e a' tòiseachadh leis a h-uile duine a' seasamh ann an cearcall ach a-mhàin aon neach anns a' mheadhan.

A-nise, faodaidh neach sam bith ceist fhaighneachd dhan neach anns a' mheadhan ach chan urrainn dhan neach sin ach am freagairt, 'Isbeanan' a thoirt seachad.

Ma tha an neach anns a' mheadhan a' dèanamh gàire bidh iad a' tighinn a-mach agus bidh neach eile a' dol dhan a' mheadhan. Cùm a' dol a' faighneachd cheistean a-rithist gus an dèan an neach anns a' mheadhan gàire, agus dèan suaip a-rithist.

